Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh
Taigh-òsta na Lùchairt, Inbhir Nis
Dihaoine 9 Dùbhlachd 2022 @ 12.30f

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh ann an Taigh-òsta na Lùchairt, Inbhir Nis, bho 12.30f Dihaoine 9mh Dùbhlachd 2022.

Clàr Chùisean

4.2022.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann

4.2022.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c) Blas 2022 agus 2023 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d) Lèirmheas air pròram bhon Dàmhair agus sùil air adhart — Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(e) Plana Co-ionnannachd, Iomadachd is Ion-ghabhalachd agus Obair Chothromach — Airson Aontachaidh
(f) Co-chomhairleachadh Riaghaltas na h-Alba air a' Ghàidhlig agus Albais — Airson Fiosrachaidh

4.2022.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus teachd a-mach 2022-23 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Suimeannan airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2022 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d) Tabhartasan nam Fèis 2022-23 — Airson Fiosrachaidh
(e) Freagairt don luchd-sgrùdaidh mu mhaoin Alba Chruthachail — Airson Fiosrachaidh
(f) Virgin Money agus CAF — Aithris airson Fiosrachaidh
(g) Cùmhnantan Maoineachaidh — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

4.2022.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh
(b) Tuarastail luchd-obrach — Aiirson Fiosrachaidh agus Deasbaid

4.2022.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Lùghdachadh Gualain: Aithisg Bhliadhnail — Airson Fiosrachaidh
(b) Stòrasan Alba Chruthachail: Tasgadh is Maoin nan Ealan Gàidhlig — Aiirson Fiosrachaidh

4.2022.06 EILE

(a) G I S B E
(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh agus coinneamhan eile 2023 — Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta Highland Sruighlea Dihaoine 23 Sultain 2022 bho 2.00f

3.2022.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Anna Mhoireach (Cathraiche), Carola NicCaluim, Seòras Stoddart, Cailean Sandilands, Sarah-Jayne Shankland, Alasdair Paul, Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Calum Macmhaoilein (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Lùcas Slater (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid agus Calum Macmhaoilein eadar-theangachadh mar-aon.

Thug am Bòrd fainear le co-bhròn do bhàs Raghnaill MhicAoidh a bha roimhe na bhall de chomataidh Fèis Obar Dheathain.

(b) Leisgeulan

Ciorstaidh NicDhùghaill (Leas-chathraiche), Anna NicAmhlaigh, Angela Mack, Ceitidh NicAonghais, Lena Nic an Fhùcadair (Comhairle na Gàidhealtachd), Màiri Bhochanan (IGE), Donnchadh MacNìll (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid), Mòrag Anna NicLeòid NicMhìcheil, (Comhairle na Gàidhealtachd).

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 20 Cèitean 2022 a chuairteachadh.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Carola NicCaluim is Seòras Stoddart a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh cùisean sam bith a thog ceann.

3.2022.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg le Art MacCarmaig air adhartas a' chlàir-obrach gu deireadh na h-Òg-mhìos 2022 a chuairteachadh.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha ann is bha iad toilichte leis an adhartas gu ruige sin.

(b) Aithisgean Adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean adhartais bhon luchd-obrach a sgaoileadh.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha annta agus thug an cathraiche taing as leth a' Bhùird do na h-uile airson an dìchill.

(c) Sùil air ais air clàr an t-samhraidh is sùil air adhart

Chuir Art MacCormaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum Macmhaoilein lèir-chunntas an cèill air a' chlàr-obrach a tha ga chur an gnìomh le Fèisean nan Gàidheal an-dràsta agus san àm romhainn.

Dh'aontaich buill a' bhùird ri dreachdan prìomhachasan nam mìosan ri tighinn.

Bha am Bòrd toilichte leis an naidheachd gun do dh'aontaich Urras Uilleim Ghrannd £30,000 a thabhann air Fèisean nan Gàidheal am-bliadhna agus £30,000 an ath-bhliadhna. Bhiodh an t-airgead seo gun chuing agus chaidh a mholadh gun rachadh am maoin a chleachdadh gus a' bheàrn a lìonadh ann am maoin tabhartasan Fèisean nan Gàidheal a dh'fhàgadh le maoineachadh Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a' tighinn gu crìch.

(d) Co-chomhairle air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28

Chaidh freagairt do Bhòrd na Gàidhlig air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28 ullachadh le Art MacCarmaig agus a cheadachadh le Anna Mhoireach, mar a chaidh aontachadh aig coinneamh a' Bhùird roimhe.

Bhathar air leth-bhreac a chuairteachadh timcheall a' Bhùird anns an robh grunn mholaidhean a chuireadh air adhart le Fèisean nan Gàidheal.

Thugadh fainear don fhreagairt le buill a' Bhùird.

(e) Rannsachadh air toradh obair Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air aithisg air toradh obair Fèisean nan Gàidheal a chuairteachadh ron choinneimh.

Tha am pàipear ga dhealbhachadh an-dràsta ach tha e ri fhaighinn san dreachd dheireannach airson sùil a thoirt air. Rachadh na prìomh-thoraidhean innse don cho-labhairt.

Thugadh fainear do na bha ann le buill a' Bhùird.

3.2022.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus Cosgaisean 2022-23

Bhathar air aithisg le Anne Willoughby, Manaidsear Gnìomha, a chuairteachadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean le gnothaichean ionmhais gu 31 Lùnastal 2022.

Thugadh fainear dha seo le buill a' Bhùird.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh

Mar a bha na cunntasan aig an àm:
- Cunntas Làitheil - £44,517.72
- Cunntas Àrd-rèidh - £654,479.61
- Cunntas Blas - £34,744.72
- An t-Urras Leasachaidh - £8,475.07

Thugadh fainear do na suimean le buill a' Bhùird.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Òg-mhìos

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Òg-mhìos 2022, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh ron choinneimh.

Thugadh fainear do shuidheachadh fallain ionmhas Fèisean nan Gàidheal le buill a' Bhùird.

(d) Tabhartasan do na Fèisean 2022-23

Bhathar air liosta de thabhartasan a chaidh aontachadh do dh'Fhèisean a chuairteachadh is chaidh innse gun deach a' chuid as motha dhiubh ris an robh dùil a phàigheadh do na Fèisean gun ach beagan rim pàigheadh fhathast.

Thugadh fainear don aithisg leis a' Bhòrd.

(e) Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2022

Bhathar air na cunntasan bliadhnail gu ruige 31 Màrt, air an ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh ron choinneimh agus chaidh a dhaingneachadh nach robh an an luchd-sgrùdaidh air lorg fhaighinn air dad mì-iomchaidh agus bha am beachd gum chumha.

Bha Fèisean nan Gàidheal air call beag a dhèanamh sa bhliadhna gu 31 Màrt 2022, ach bha an cùl-stòr fhathast fallain aig £312,888 agus bha sin barrachd air an t-suim a bha a dhìth ann am poileasaidh cùl-stòr na buidhne.

Thug Anna Mhoireach taing do dh'Anna Willoughby agus do dh'Art MacCarmaig airson an cuid obrach air na cunntasan.

Chaidh gabhail ris na cunntasan leis a' Bhòrd agus rachadh am moladh do Choinneamh Bhliadhnail na buidhne.

A thaobh nan cunntasan, thugadh cùis fainear do bhuill a' Bhùird a thaobh airgead ri fhaighinn fhathast bho Alba Chruthachail airsin Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.

Mhìnich an Ceannard an suidheachadh na bu mhionaidiche agus sheall e litrichean eadar e fhèin is luchd-obrach Alba Chruthachail a dhaingnich nach robh cunnart ann nach fhaigheadh Fèisean nan Gàidheal an t-airgead a bha ri tighinn.

Thuirt Seòras Stoddart, ged nach robh teagamh sam bith nach fhaighte an t-airgead, gun robh an luchd-sgrùdaidh glè cheart ann a bhith a' togail na puing seo ri linn an cuid obrach.

Chaidh aontachadh gun ullaicheadh an Ceannard freagairt do Mhann Judd Gordon a rachadh cur thuca leis a' chathraiche.

(f) Luchd-sgrùdaidh: Daingneachadh Mann Judd Gordon

Bha cùmhnant trì bliadhna air a bhith air aontachadh ann an 2019 le Mann Judd Gordon a bha a-nis air tighinn gu crìch.

Dh' aontaich buill a' Bhùird cùmhnant eile fad dà bhliadhna a cheadachadh is i stèidhichte air an tairgse a fhuaras agus bha iad toilichte an ath-shuidheachadh mar luchd-sgrùdaidh airson 2022-23 agus 2023-24 aig a'choinneimh bhliadhnail ri tighinn.

(h) Cùmhnantan Maoineachaidh

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' conaltradh gu cunbhalach leis na buidhnean a mhaoinicheas ar pròg ram agus bhathar air aithisg le Art MacCarmaig a chuairteachadh airson am fios as ùire a thoirt do bhuill a' Bhùird air mar a tha ar n-aontaidhean riutha.

Thugadh fainear leis a' Bhòrd gun robh deagh dhàimh eadar Fèisean nan Gaidheal agus na buidhnean maoineachaidh.

Dh'innis Siobhan NicAnndrais mun fhios mu dheireadh air maoineachadh bho Alba Chruthachail agus bha buill a' Bhùird toilichte leis. Chaidh aontachadh gun rachadh leth-bhreac de phlana làithreach Alba Chruthachail a chuairteachadh do bhuill a' Bhùird.

(h) Virgin Money agus CAF

Chaidh innse leis a' Cheannard, le fiosrachadh bhon Mhanaidsear Gnìomha, bhon Mhanaidsear Leasachaidh is bho Mhanaidsear Fèisgoil, mu shreath dhuilgheadasan le seirbhis an luchd-cleachdaidh aig bancairean Fèisean nan Gàidheal, Virgin Money.

B' fheudar do dh'Art MacCarmaig grunn suimean susbainteach a phàigheadh a' cur feum air a chuid airgid fhèin nuair nach do dh'fhuasgail Virgin Money duilgheadas le a chairt-chreideis companaidh.

Dh'aontaich am Bòrd gum bu chòir Art ath-dhìoladh cho luath 's a ghabhadh.

Bha tuilleadh deasbaid ann a thaobh grunn dhuilgheadasan le bancaireachd dhigiteach is seirbhis luchd-cleachdaidh Virgin Money, agus a-rèir na buil a bhios ann, is dòcha gum feumar coimhead air goireasan bancaireachd eile.

Thugadh fainear gun robh an cunntas aig CAF a-nis beò bho dheireadh an Lùnastail a-mach.

3.2022.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh as ùire

Bha Karen Oakley air Fèisean nan Gàidheal fhàgail san Lùnastal.

Chaidh a dreuchd a shanasachadh ach fhad 's a tha sinn a' feitheamh ri lìonadh, tha Calum MacMhaoilein a' cumail taic ris na Fèisean a bha fo chùram Karen.

Tha Peigi Anna Shields air fòrladh màthaireil an-dràsta. Chaidh Sandra NicLeòid a chur na dreuchd fad àm an fhòrlaidh mhàthaireil.

(b) Tuarastal an Luchd-obrach

Chaidh aontachadh gun rachadh dèiligeadh ris a' ghnothach seo aig deireadh na coinneimh.

3.2022.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Ballrachd a' Bhùird

Thugadh fainear gu bheil aig còignear bhall den Bhòrd ri fàgail an ath-bhliadhna agus dhaingnich an Ceannard, a-rèir nan riaghailtean taghaidh, gun rachadh na buill ùra a thaghadh an dèidh coinneamh bhliadhnail 2023 le buill ùra ann an dreuchd airson coinneamh a' Bhùird san Dùbhlachd.

Chaidh aontachadh gum bu chòir beachdachadh air trusadh agus ghabh buill a' Bhùird os làimh beagan a sgrìobhadh is a chur gu Lùcas, ag innse mar a chaidh dhaibhsan an lùib obair Bòrd Fèisean nan Gàidheal, gus cuideachadh le buill ura a bhrosnachadh tro iomairt sna meadhanan sòisealta. Chaidh aontachadh cuideachd gum bu chòir cuireadh a thoirt do riochdairean nam Fèisean, aig a bheil ùidh ann an seasamh rin taghadh, coinneamh a' Bhùird a fhrithealadh gus an cuireadh iad eòlas air mar a tha am Bòrd ag obair.

(b) Clar-gnothaich Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2022

Bhathar air clàr-gnothaich na Coinneimh Bliadhnail agus na Co-labhairt Bliadhnail, a bha air ullachadh le Anne Willoughby, a chuairteachadh ro làimh.

Chaidh a dhaingneachadh gun robh dùil ri mu 50 luchd-com-pàirt aig a' cho-labhairt.

Thug buill a' Bhùird fainear don chlàr-gnothaich is bha fiughair aca ri co-labhairt shoirbheachail.

(c) Aithisg Bhliadhnail 2022

Bhathar air an aithisg bhliadhnail a chuairteachadh ron choinneimh.

Thug Art MacCarmaig taing do Chalum MacMhaoilein airson a chuid obrach ann a bhith a' deasachadh susbaint na h-aithisg agus do Lùcas Slater airson a chuid obrach dhealbhachaidh.

Bha am Bòrd toilichte aonta a chur ri Aithisg Bhliadhnail 2022 a rachadh a chur air beulaibh na Coinneimh Bliadhnail.

(d) Maoinean Alba Chruthachail: Tasgadh & Maoin nan Ealan Gàidhlig

Bhathar air fiosrachadh air an dà mhaoin le Alba Chruthachail a tha gan riarachadh le Fèisean nan Gàidheal a chuairteachadh ron choinneimh.

Thugadh fainear leis a' Bhòrd do na tabhartasan a chaidh ceadachadh leis an dà phannal neo-eisimileach.

3.2022.06 EILE

(a) G I S B E

Dh'fhàg an luchd-obrach air fad, ach an Ceannard, a' choinneamh aig an àm seo fhad 's a thill am Bòrd gu puing 3.2022.04(b) gus bruidhinn air tuarastal an luchd-obrach agus àrdachadh pàighidh ga mholadh air sàilleabh nan rèitean tuarastail nas àirde na an àbhaist a tha gan aontachadh airson buidhnean poblach is ùghdarrasan ionadail.

Dhaingnich an Ceannard gum b' àbhaist do dh'Fhèisean nan Gàidheal a bhith air rèitean tuarastail ùghdarrasan ionadail a leantainn fad a' mhòr-chuid den àm aigesan na dhreuchd ach gum bu chòir do bhuill a' Bhùird a bhith mothachail do chosgais rèite a bhiodh coltach a bhith barrachd air 5%.

Chaidh aontachadh gum bu chòir dhan chleachdadh seo leantainn, ged a dh'fheumte an cùl-stòr a chleachdadh airson nan cosgaisean. Shaoil an Ceannard nach leigeadh iad leas sin, leis mar a bha iad air beagan caomhnaidh a dhèanamh.

Chaidh aontachadh gum faigheadh an luchd-obrach air fad àrdachadh 2% sa bhad, air a phàigheadh air ais chun a' Ghiblein, gus cuideachadh le cosgais bith-beò agus, aon uair 's gun robh na h-ùghdarrasan ionadail air rèite aontachadh, gum bu chòir dha seo cuideachd a bhith air a chur an gnìomh.

Dh'fhàg an Ceannard an uair sin fhad 's a bhruidhinn am Bòrd air sùil a thoirt air tuarastalan, gus dèanamh cinnteach gun robh na tuarastalan aig Fèisean nan Gàidheal co-ionnann ri càch.

(b) **Ceann-latha na h-ath choinneimh: 09.12.2022**
'S e ceann-là ath-choinneamh a' Bhùird 9 Dùbhlachd 2022.

Chaidh aontachadh gun tachradh an ath-choinneamh aghaidh ri aghaidh ann an Inbhir Nis an àiteigin, leis an roghainn com-pàirt a ghabhail air loidhne, a' tòiseachadh aig uair feasgar.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne airson na dàrna ràith de 2022-23 gu 30 Sultain 2022.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha bacaidhean fhathast air a' phrògram a bha sinn an dùil a lìbhrigeadh ri linn staing leantainneach a' Choronabhìorais. Tha sinn air ar dìcheall a dhèanamh taic a chumail ris na Fèisean, luchd-ealain, agus prògram farsaing ann an 2022-23 gu ruige seo.

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal airson 2022-27.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Prògraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Stòras Leasachaidh nam Fèisean le taic a bharrachd, ann an 2022-23, bho Alba Chruthachail. Bidh taic ann gu sònraichte airson ath-thòiseachadh an dèidh Covid cho math ri leudachadh ann an teagasg ciùil agus dràma tro mheadhan na Gàidhlig.		Bha maoin air a dhearbhadh ann an R1 agus chaidh stiùireadh a chruthachadh agus a sgaoileadh. Chaidh tabhartasan aontachadh airson farsiangeachd de dh'obair a chuidicheas Fèisean an obair aca ath-thòiseachadh agus a leudachadh gu buidhnean ùra.	
AC2	Taic chunbhalach a chumail do dh'Fhèisean airson prògram farsaing fad na bliadhna a ruith, ma bhios ionmhas ga ceadachadh.		Tha Fèis Phàislig a' faighinn taic le prògram tron bhliadhna agus thèid beachdachadh air tuilleadh taic do dh'Fhèisean eile nam biodh a leithid a dhìth.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig.		Tha taghadh farsaing de ghnìomhan Gàidhlig ann an Treòir | Voar | Virr a thug cothroman do dh'òigridh ann an sgoiltean eileanach.	

			Chaidh ceithir coimiseanan a chur air an àrd-ùrlar aig Blas 2022 le eileamaidean làidir na Gàidhlig mar phàrt dhiubh.	
AC4	Cothroman a chruthachadh do luchd-ealain sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tro choimiseanan ùra.		Chaidh an coimisean airson Blas 2022 a shanasachd ann an R1 agus 's i Chloë Bryce a shoirbhich. Chuir i ri chèile pìos fon ainm *The Summer Walkers* a thug cothrom dhi na sgilean sgrìobhaidh cìuil aice a leasachadh.	
AC5	Tachartasan còmhnaidheach a chur air dòigh airson sgilean cruthachail a leudachadh tro Sgoil Shamhraidh Dràma agus Fèis Alba.		Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma air adhart san Iuchar le 14 com-pàirtichean fo stiùir Mhàiri MhicIlleMhoire agus Raonaid Cheanadach 's Aonghas MacLeòid a' cumail taic riutha. Chaidh Fèis Alba air adhart sa Phoc air thoiseach air ceithir còmhlain cèilidh cuairt a ghahail os làimh nan coimhearsnachdan fhèin. B' e seo a' chiad uair bho 2019 a bha an dà thachartas aghaidh-ri-aghaidh.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC6	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean aig na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.		Chaidh tabhartasan aontachadh le Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal agus tha iad air am pàigheadh a-mach a rèir feum. Tha iad an ìre mhath air targaid.	
AC7	Iasadan an-asgaidh do na Fèisean de ionnsramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Tha iarrtas nas motha ann a-rithist leis gu bheil tachartasan a' dol air adhart aghaidh-ri-aghaidh.	
AC8	Sgeama PVG a chumail a' dol airson dìon a thoirt air clann is inbhich feumach air an dìon.		Tha seo a' dol air adhart le sgrùdaidhean gan dèanadh às leth Fèisean ionadail. Bha 31 iarrtasan ann airson deuchainnean gu deireadh R2. Tha ar pòileasaidh Àite Sàbhailte a-nise air bhogadh nar n-obair agus chaidh an iomairt *Bruidhinn Rium* a thoirt air adhart tro na Fèisean.	
AC9	Conaltradh cunbhalach le Fèisean tron lìonradh de dh'Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh air sàr obair a dhèanamh a' cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean aca airson a dhèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh ann dhaibh gnothaichean ath-stèidheachadh. The còmhraidhean air loidhne air leantainn a' dèiligeadh ri cuspairean eadar-dhealaichte airson taic a chumail ri Fèisean. Chaidh ar coinneamh bhliadhnail agus co-labhairt air adhart air 23 agus 24 Sultain ann an Sruighlea le Shirley-Anne Somerville BPA na h-aoigh agus seiseanan eadar-dhealaichte do chòrr is 50 com-pàirtiche.	
AC10	Bùithtean-obrach dràma is prògraman a chur air dòigh tro mheadhan na Gàidhlig le Meanbh-Chuileag.		Chaidh dealbh-chluich ùr Mheanbh-Chuileag – *Sgeulachdan an Tilley* – mun chuairt sgoiltean na Gàidhealtachd san t-Sultain. Gu ruige seo chaidh 42 seiseanan a lìbhrigeadh. Bidh an obair ùr seo a' cur ri Bliadhna nan Sgeul le cuairtean ann an sgìrean eile ann an R3 agus R4.	
AC11	Bùithtean-obrach dràma is prògraman a chur air dòigh le Sporan do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.		Bidh seo a' dol air adhart ann an R3.	
AC12	Obair taic na Gàidhlig aig Fèisean le Sgioba-G airson eòlas a thoirt do bharrachd chom-pàirtichean.		Tha seo fhathast ri fhaighinn ach cha deach taic sam bith iarraidh gu deireadh R2.	
AC13	Com-pàirt ghnìomhach a bhrosnachadh am measg buidhnean tràth-bhliadhnaichean tro Hùb Hàb.		Bha obair a' dol air adhart air scriobt ùr son Hùb Hàb le dùil obair a lìbhrigeadh do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	

AC14	Meanbh-Fhèisean ann an sgoiltean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas ann an dualchas Gàidhlig ri fhaighinn.		Cha deach Meanbh-fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh air adhart san Ògmhios, mar a b' àbhaist, ach bidh sinn a' cur sùil ri cothroman a bharrachd nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	
AC15	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail.		Chaidh tuilleadh chèilidhean air adhart ann an R2 leis mar a dh'èirich an àireamh de thachartasan a chaidh a chur air dòigh le na Fèisean as t-samhradh.	
AC16	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail tron sgeamaichean Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Tha Tasgadh a' dol air adhart a-rithist am-bliadhna agus bha a' chiad ceann-latha a-mach à trì sa Chèitean. Tha tabhartasan gam foillseachadh air ar làrach-lìn. Bidh an dàrna ceann-latha ann san Dàmhair. Mar an ceudna, tha dà cheann-latha stèidhichte airson Maoin nan Ealan Gàidhlig, a' chiad fhear sa Chèitean agus an dàrna fear san t-Samhain. Bidh tabhartasan gam foillseachadh air ar làrach-lìn. A bharrachd air maoin Alba Chruthachail a sgaoileadh tha ionmhas againn bho Urras Dhòmhnaill Iain MhicAoidh agus chaidh sanasachd a dhèanamh airson thagraichean a chuireadh a-steach son duais bhliadhail an urrais.	
AC17	Cothroman cosnaidh a chruthachadh do dh'oidean - luchd-ealain air mhuinntireas – cuide ri Fèisean.		Chaidh crìoch a thoirt air an obair le na 9 Fèisean a bha an sàs sa phròg ram Treòir agus chaidh an còrr de mhaoin a phàigheadh le Alba Chruthachail. Tha co-dhiù dà fhèis air obair a chumail a' dol leis na ceòladairean air mhuinntireas a chaidh fhatsadh.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC18	Taic a chumail ri luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Mar a thachair le tabhartasan, ga mhìneachadh ann an AC6, bidh an t-airgead seo ga phàigheadh nuair a bhios daoine air am fastadh.	
AC19	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh.		Bha còmhradh ann le buidheann ann an Àird Driseig a tha, 's dòcha, ag amas air Fèis a stèidheachadh. Chan eil iad air ballrachd iarraidh le Fèisean nan Gàidheal fhathast.	
AC20	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Chaidh ceithir de na Cèilidhean air Chuairt air adhart am-bliadhna, a thug cothroman cosnaidh do luchd-ciùil òga. 'S e daoine òga a th' ann am mòran de dh'oidean, no leas-oidean ag obair air an ceann fhèin agus bidh sinn a' dèanamh ar dìcheall cothroman obrach a thairgse dhaibh. Bha dithis òg an sàs nan cleasaichean ann an obair Mheanbh-Chuileag fear dhiubh na oileanach a thàinig thugainn air greis obrach bho Shabhal Mòr Ostaig. Ghabh sinn pàirt ann an tachartas a chuir YoungScot air dòigh far an d' rinn sinn còmhradh ri òigridh mu na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann dhaibh ann an obair ealain agus culturach.	
AC21	A' cur air dòigh Fèis Bhlas gach bliadhna, no tachartasan eile ann an sgìrean dùthchail, a' gabhail a-steach coimisean ùr.		Chaidh Blas a chumail eadar 2 agus 10 dhen t-Sultain le 42 cuirmean (34 dhiubh ann an sgìrean dùthchail), 7 bùithtean-obrach air loidhne, 38 seiseanan ann an sgoiltean agus 9 tachartasan air an sruthadh beò.	
AC22	Crìoch a chur air an rannsachadh neo-eisimeileach mu thoraidhean obair Fèisean nan Gàidheal agus an aithisg a chur air adhart.		Tha an obair seo crìochnaiche agus chaidh cuid de thoraidhean an rannsachaidh fhoillseachadh aig àm na co-labhairt bhliadhnail.	

Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC23	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach a thabhann tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh le gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean.		Bidh gach Oifigear Leasachaidh a' cumail taic ri cruinneachadh de dh'Fhèisean agus tha tòrr taic air a bhith ann dhaibh le obair ath-thòiseachadh. Tha beàrn san sgioba an-dràsta agus tha sinn a' feuchainn ri oifigear ùr fhastadh. Tha taic Bhòrd na Gàidhlig air leantainn a leigeil leinn Oifigear nan Eilean Siar a chumail na dreuchd. Tha an sgioba sùbailte agus bidh iad a' gabhail obair eadar-dhealaichte os làimh a leithid #cleachiaigantaigh, nuair a bhios feum. Tha an sgioba air obair èifeachdach a dhèanamh na Fèisean a stiùireadh a thaobh iarrtasan don Stòras Leasachaidh a fhuair taic a bharrachd am-bliadhna bho Alba Chruthachail airson ath-shlànachadh bho Chovid.	
AC24	Poileasaidhean a chruthachadh agus a sgrùdadh, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail.		Chaidh a' mhòr-chuid de phoileasaidhean Fèisean nan Gàidheal ùrachadh ann an 2021-22 agus ghabh am Bòrd-stiùiridh ri poileasaidh Àite Dìonta. Tha na poileasaidhean uile a-nise air ar làrach-lin le gu leòr dhiubh freagarrach do na Fèisean cuideachd, ach le ìmpidh orra gabhail ri cuid aca.	
AC25	Àrachas a chur air dòigh airson gach taobh den obair ealain aig na Fèisean.		Bidh àrachas ga thoirt do na Fèisean air fad mar phàirt den bhallrachd aca a tha a' gabhail a-steach gach cunnart co-cheangailte ris na gnìomhan àbhaisteach aca.	
AC26	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.		Bha 12 seisean trèanaidh ann do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gu deireadh R2 le 88 a' gabhail pàirt annta.	
AC27	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.		Ghabh buill den sgioba pàirt ann an 11 seiseanean trèanaidh gu deireadh R2.	
AC28	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga fa leth adhartas a dhèanamh.		Chaidh fiosrachadh a sgaoileadh do dh'oidean mu Phròg ram Trèanaidh Fòram Ceòl Tradiseanta na h-Alba. Bidh co-obrachadh a' leantainn eadar Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean ionadail airson a dhèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann do dh'òigridh adhartas a dhèanamh ann an ealain eadar-dhealaichte. Bha òigridh an sàs ann an obair Fèisean nan Gàidheal eadar Bòrd-stiùiridh na buidhne, Buidheann-pròg ramaidh Bhlas agus Café Bheairteis. Bha dithis oileanach againn air greisean obrach bho Shabhal Mòr Ostaig, aonan dhubh na neach-teagaisg ciùil agus aonan a tha bhon uair sin air a bhith an sàs nar n-obair dràma.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC29	A' cuideachadh na Fèisean ar Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh a' gabhail a-steach obair dearbhaidh agus eadar-theangachaidhean sìmplidh airson cleachdadh agus facsinneachd na Gàidhlig a bhrosnachadh.		Feumaidh Fèis sam bith a tha a' faotainn taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal ar Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh le taic nuair a bhios feum. Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth.	
AC30	Taic do Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh no tachartasan eile a bhios a' cur ri turasachd.		Faicibh AC20 gu h-àrd airson nan Cèilidhean air Chuairt. Leis gun robh Blas a' dol air adhart san t-Sultain 2022, nochd grunn luchd-turais aig tachartasan na fèise.	

AC31	Com-pàirt ann am Bliadhna nan Sgeul.		Tha Bliadhna nan Sgeul ga comharrachadh ann an grunn dhòighean, le leudachadh air obair Trèoir VV, Blas agus obair dràma.	
AC32	A' gabhail os làimh com-pàirt a chruthachadh do dh'òigridh nam Fèisean ann an cothroman taisbeanaidh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta thairis le sealladh gu sònraichte air Ceap Breatainn agus Èirinn far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn.		Choinnich Fèisean nan Gàidheal ri riochdairean bho Chomhairle na h-Eòrpa a bhios a' dèiligeadh ri còraichean daoine sa bheag-chuid san Rìoghachd Aonaichte. Rè *Mìos na Gàidhlig* aig Riaghaltas Alba Nuadh, chuir sinn air dòigh Fèis air loidhne le oidean agus com-pàirtichean à Ceap Breatainn agus Alba, cho math ri seisean seinn *Tac an Teine*. Ghabh òigridh nan Cèilidhean air Chuairt pàirt ann taisbeanadh leis a' bhuidheann òigridh às a' Chuimrigh, Avanc, aig Blas. Tha Fèisean nan Gàidheal air cumail a' dol le conaltradh ri Amateo agus Lìona Ceòl Tradiseanta na h-Eòrpa. Chaidh taisbeanadh a thoirt seachad le Fèisean nan Gàidheal aig co-labhairt eadar-nàiseanta CUPIDO ann an Inbhir Nis san Ògmhios. Bha òigridh à Èirinn ann an Inbhir Nis san Lùnastal mar a' chiad phàirt ann an iomlaid le òigridh nam Fèisean fon ainm *Sruth*. Chaidh triùir oifigearan bho Fhèisean nan Gàidheal a Chonamara airson pàirt a a ghabhail ann an tachartas a chuir Comhairle Breatainn is Èirinn air dòigh. Ghabh iad pàirt ann an còmhraidhean mu dheidhinn an àite nan ealan ann an ath-bheòthachadh mìon-chànain agus ann an taisbeanadh ciùil cuideachd.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC33	Trèanadh cunbhalach a chur air dòigh do dh'oidean ann an sgilean teagaisg.		Bha aon sheisean ann gu deireadh R2 le 6 a' gabhail pàirt.	
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh a-rèir ar Poileasaidh Gàidhlig.		Tha dithis oide air cùrsaichean tro Shabhal Mòr Ostaig le taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal.	
AC35	Òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean a ruighinn taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.		Tha dithis òg suidhichte air a' Bhòrd-stiùiridh. Faicibh AC28 gu h-àrd cuideachd.	
AC36	Treànadh a chur air dòigh ann am planadh cànain tron lìonradh ùr de dh'Oifigearan Leasachaidh, agus sgilean a thèid a thogail a thoirt do eagrachaidhean nam Fèisean airson cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh ann an tachartasan coimhearsnachd.		Bha Oifigearan Leasachaidh a' frithealadh choinneamhan cho mòr 's a b' urrainn dhaibh, ach tha barrachd obrach a dhìth a thaobh sgilean a thogail agus an toirt air adhart do dh'eagraichean nam Fèisean.	
AC37	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.		Bidh com-pàirtichean ann am Fèisean agus nar n-obair dràma a' togail sgilean taisbeanaidh. Chuir sinn air dòigh 6 seiseanan, sa chiad dol a-mach, de chlub dràma an dèidh na sgoile ann am Phort Rìgh. Bidh na sgilean seo gan ionnsachadh cuideachd aig Fèis Alba san Iuchar agus nar n-obair le cleasaichean òga nas fhaide air adhart sa bhliadhna. Thog com-pàirtichean nan Cèilidhean air Chuairt sgilean luachmhor taisbeanaidh tro na pròghraman samhraidh aca.	

AC38	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Bha trèanadh den t-seòrsa sin na phàirt de dh'Fhèis Alba san Iuchar.	
AC39	A' cur Fèisgoil air adhart mar sheirbheis iomlan a' tabhann farsaingeachd de chothroman ionnsachadh cruthachail.		Gu deireadh R2, lìbhrig Fèisgoil 426 seiseanan *Blasad Gàidhlig* do chòrr is 813 luchd-ionnsachaidh ann an 5 sgoiltean a' toirt obair do 5 oidean. Bha Treòir Voar Virr ga lìbhrigeadh gu deireadh bliadhna na sgoile le 1,390 luchd-ionnsachaidh agus obair ann 80 sgoil a' toirt cosnadh do 61 oidean. Chaidh Café Bheairteis a chumail gach seachdain gu deireadh bliadhna na sgoile. Bha dà sheisean Beairteas ann tro e-Sgoil le ceathrar a' lìbhrigeadh 4 seiseannan do 75 sgoilearan ann an 6 sgoiltean. Chaidh Pod-chraolaidh Café Bheairteis a stèidheachadh agus bidh e ri fhaighinn air loidhne gach seachdain bhon Dàmhair.	
AC40	A' leantainn le goireasan didseatach airson co-dhiù cuid de dh'obair foghlaim, airson farsaingeach de chom-pàirtichean a ruigsinn agus gearradh sìos air na tha sinn a' cosg de ghualain.		Tha rùn air a bhith ann obair aghaidh-ri-aghaidh a chur air adhart a-rithist ach bidh pàirt den obair foghlaim againn a' leantainn air loidhne.	
AC41	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta a thabhann ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile a leithid Acadamaidh a' Mhòid.		Bha 80 seisean ICO air an lìbhrigeadh ann an 4 sgoiltean ann an sgìre Inbhir Narainn agus 229 seiseanan ann an Uibhist, airson a' chiad uair, do chòrr is 304 sgoilearan ann an 10 sgoiltean. Chaidh Acadamaidh a' Mhòid air adhart ann an 12 sgoil ann an sgìre Pheairt is Ceann Rois air thoiseach air a' Mhòd Nàiseanta a' tabhann còrr is 170 seisean. 'S e 2022 an 20mh bliadhna de ICO ann an Alba agus bidh obair Fhèisean nan Gàidheal, ga lìbhrigeadh bhon toiseach, ga comharrachadh air làrach-lìn Alba Chruthachail. Bidh clasaichean a' leantainn ann an ceòl traidiseanta anns gach sgoil ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd tro ùrachadh ar cùmhnaint le High Life na Gàidhealtachd.	
AC42	Obair ann an ceòl, òrain agus dràma ga tabhann tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean far a bheil a' Ghàidhlig ga teagasg.		Bidh oidean le Gàidhlig air am fastadh airson a dhèanamh cinnteach gum faigh òigridh ann am foghlam Gàidhlig an teagasg tro mheadhan a' chànain. Bdh obair Mheanbh-Chuileag agus Hùb Hàb gu tur sa Ghàidhlig cuideachd.	
AC43	Prògraman de chlasaichean Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC39 gu h-àrd airson Blasad Gàidhlig. Bidh Fèisgoil ag obair a-rithist le co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail airson leasanan Gàidhlig a thabhann thairis air grùnn sgìrean. Tha an obair seo mì-chinnteach, ge-tà, leis mar a tha dùil gun gabhadh buidseatan 1+2 a chur ri buidseatan àbhaisteach nan comhairlean gun cus suim aig cuid aca a' Ghàidhlig a theagasg mar C2 no C3. Bidh sinn a' tabhann trèanadh Eòlas air a' Ghàidhlig nuair a thèid iarraidh oirnn. Fhuair 43 de luchd-obrach ann an aon bhuidheann poblach trèanadh gu deireadh R2.	
AC44	Taic airson obair-ealain eile tro mheadhan na Gàidhlig a ghabhadh a thabhann tro Fhèisgoil.		Tha aonta ann le Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba mu phròiseact a' leantainn air TVV, a' cleachdadh na bha air fhàgail de dh'airgead. Chuir sinn iarrtas gu stòras CYPFAL mar dhòigh barrachd chothroman a chruthachadh le dùil ri freagairt san Dùbhlachd.	

AC45	Tuilleadh sansachad air *Beairteas* (a' gabhail a-steach *Càfe Bheairteis*) agus *Caraidean Còmhraidh* – Iomairtean airson cànan a bheairteachadh		Tha sinn gu mòr an dòchas gun lean *Càfe Bheairteis* le buidheann ùr de dh'òigridh agus gun gabh seiseanan *Beeairteis* beò a lìbhrigeadh ann an sgoiltean a-rithist. Bidh barrachd chòmhraidhean ann le e-Sgoil airson faicinn a bheil ùidh ann togail air a' cho-obrachadh a chaidh a stèidheachadh ann 2021-22.	
AC46	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan, a' gabhail a-steach 5 Latha.		Bha còir aig 5 Latha a dhol air adhart aig àm na Càisg ach b' fheudar dhuinn a chur dheth ri linn mar a bha riaghailtean Covid aig an àm. Chaidh an tachartas air adhart anns a' chiad seachdain de shaor-làithean an t-samhraidh le 15 com-pàirtichean a bha an sàs ann am farsaingeachd de ghnìomhan uile tro mheadhan na Gàidhlig.	
AC47	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean.		Faicibh AC43 gu h-àrd. Bidh trèanadh ann do luchd-teagaisg ann an sgoiltean taobh a-staigh co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail, ma bhios iarrtas ann. Chaidh iarraidh air Ceannard agus Manaidsear Fèisgoil na buidhne taisbeanadh a dhèanamh do Luchd-sgrùdaidh nan Sgoiltean (HMIE) mu obair Fhèisean nan Gàidheal. Chuir sinn ri taisbeanadh a rinn Bòrd na Gàidhlig aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba mu theagasg na Gàidhlig mar C2 is C3.	
AC48	Taic a chur ri sgeama ùr a steìdheachadh airson co-obrachadh a bhrosnachadh am measg Fhèisean.		Tha seo ri thoirt air adhart fhathast ged a tha seiseanan air a bhith a' ruith air loidhne a rèir feum.	
AC49	Trèanadh eadar-ginealaich a chur air dòigh le oidean ùra ag ionnsachadh bho shàr-eòlaichean air dualchas na Gàidhlig agus ceòl traidiseanta.		Tha seo ri chur air dòigh fhathast.	
AC50	Feum a dhèanadh de ghoireasan diseatach airson co-dhiù cuid de thrèanadh a thabhann air loidhne, a' lùghdachadh siubhail agus na tha sinn a' cosg de ghualain.		Bha cuid den trèanadh a chaidh air adhart gu ruige seo air loidhne.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC51	Taic ionmhasail a bharrachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air pàirt a ghabhail ann an tachartasan.		Tha maoin a bharrachd ri fhaighinn, a rèir feum, ach cha d' fhuair sinn iarrtas sam bith airson taic gu deireadh R2.	
AC52	Tuilleadh leasachaidh air cleachdadh na Gàidhlig aig Fèisean gu sònraichte, ach chan ann a-mhàin, ann an coimhearsnachdan eileanach.		Tha a' mhòr-chuid de na Fèisean a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus iad a' tabhann chlasaichean ann an Gàidhlig, far an gabhadh sin a dhèanamh. Tha barrachd teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn air loidhne. Tha sinn an dòchas cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh barrachd anns na Fèisean eileanach, cho math ri co-obrachadh a bhrosnachadh far a bheil a' Ghàidhlig na cànan san iomairt. Ann an Q1 bha còmhraidhean ann mu àite Fèis Thiriodh ann an lìbhrigeadh Plana Gàidhlig an eilein.	
AC53	Eadar-mhìneachadh mar-aon (Gàidhlig gu Beurla) aig coinneamhan agus tachartasan.		Tha seo ri fhaotainn aig coinneamhan den Bhòrd, ar Coinneamh Bhliadhnail agus, uaireannan, ann an coinneamhan air loidhne. Chuir sinn sreath chuirmean air adhart aig Blas gu tur sa Ghàidhlig le eadar-mhìneachadh mar-aon.	

AC54	An ìre de Ghàidhlig ann an cuirmean Fèisean a leudachadh.		Tha goireasan gu leòr, agus taic, aig Fèisean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh na Gàidhlig ga leudachadh aig tachartasan Fèise.	
AC55	Sùil a chumail air fiosrachadh a bhios ga chruinneachadh mu CII agus aithisg bhliadhnail a thoirt don Bhòrd.		Tha fiosrachadh CII ga chruinneachdh gu cunbhaach bho na Fèisean, oidean agus tagraichean son taic-airgid. Ghabh sinn com-pàirt ann an tachartas fon ainm *Còmhla*, le ceòl bho òigridh nam Fèisean, agus biadh, airson fàilte a chur don Ghàidhealtachd air fògarraich. Bidh againn ri Plana CII a dheasachadh ro dheireadh na Dàmhair agus bidh aithisg bhliadhnail aig a' Bhòrd Stiùiridh air mar a thèid a lìbhrigeadh.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.				
AC56	A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.		Tha luchd-obrach, Buill a' Bhùird agus oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' clàradh sgaoilidhean gualain gu cunbhalach.	
AC57	Plana Làimhseachadh Gualain a chruthachadh airson 2022-23 agus air adhart.		Chaidh na h-amasan airson 2020-21 nar Plana Làimhseachaidh Gualain a thoirt gu buil agus fhuair am Bòrd Stiùiridh aithisg bhliadhnail san Dùbhlachd. Tha ar Manaidsear Gnìomha an sàs ann an còmhraidhean le Creative Carbon Scotland mu ghnìomhan a bharrachd agus sealladh a ghabhail air mar a ghabhadh sgaoilidhean gualain a lùghdachadh thairis air ùine nas fhaide. Tha còmhraidhean air a bhith ann leis a' Woodland Trust mu dheidhinn craobhan a chur a bhios a' comharrachadh na h-aibidil Ghàidhlig. Tha feum air tuilleadh fiosrachaidh oir chan eil cuid ne craobhan air am moladh agus bhiodh feum air fearann a chomharrachadh far an gabhadh craobhan a chur.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba				
AC58	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach airson barrachd tuigse a bhrosnachadh agus aire a tharraing don obair againn.		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh. Tha cuairt-litrichean gan sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach agus bidh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gan cleachdadh gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile. Bidh sanasan naidheachd mu phrìomh thachartasan gan sgoileadh gu cunbhalach.	
AC59	A' dol an sàs ann an cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach.		The sinn an dòchas buidheann ùr de sheinneadairean a thrusadh airson Fuaran nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	
AC60	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan didseatach, gu h-àraid FèisTV.		Tha buannachdan agus dùbhlain ann obair a thabhann air loidhne ach tha iarrtas ann air a son agus bidh seo follaiseach nar prògram. Cumaidh #cleachiaigantaigh a' dol ann an riochd air choreigin, 's dòcha le nas lugha de sheiseanan, mar a bhios *Tac an Teine* agus *Cèilidh mun Chagailt* ann an co-bhonn ris a' Chomunn Gàidhealach. Bha 9 cuirmean Blas air an sruthadh beò. Bha cuirm a' comharrachadh an 90mh ceann-bliadhna aig Aonghas Grannd ga shealltainn san t-Sultain. Chaidh leasanan ùra a chur ri ar goireas *Oide* air loidhne agus bidh barrachd gan cur ris rè na bliadhna. Faicibh AC39 shuas airson fiosrachadh mu phod-chraolaidh Café Bheairteis.	

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/glèidheadh ILT	43.7	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach don Ghàidhealtachd	£1,029,648	Meudachadh san toradh ionmhasail	£63,222	Luchd Saor-thoileach an sàs	225
Tabhartasan do dh'Fèisean	£107,572	Tabhartasan Eile	£18,806	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	1,864	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig tachartasan eile	5,470
Luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	1,580	Luchd-èisteachd aig tachartasan eile (air loidhne)	2,200 (18,624)	Com-pàirtichean ann an trèanadh	107	Obair Eadar-nàiseanta	6

Builean Bhòrd na Gàidhlig			
BnG1.1	A' cumail taic ri co-dhiù 46 Fèisean air feadh na h-Alba tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus trèanadh sgilean Gàidhlig.		Faicibh AC1, AC2, AC6, AC7, AC8, AC9, AC18, AC23, AC24, AC25, AC26, AC29, AC36, AC48, AC51, AC52 and AC54 gu h-àrd a tha a' mìneachadh taic do na Fèisean.
BnG1.2	A' lìbhrigeadh co-dhiù 750 seisean Blasad Gàidhlig airson sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.		Faicibh AC39 gu h-àrd.
BnG1.3	A' cur air dòigh co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean is luchd-obrach.		Chuir sinn 4 seiseanan trèanaidh air dòigh nas tràithe as t-samhradh airson taic a chumail ri luchd-teagaisg airson an cuid Gàidhlig a thoirt air adhart. Bha 16 an sàs san t-sreath seo 's tha sinn an dùil barrachd chothroman a thabhann do luchd-teagaisg san àm ti teachd. Tha aon neach bhon sgioba a' dèanamh cùrsa gràmair tro UHI Innse Gall 's bidh an sgioba air fad a' faighinn trèanadh còmhla ro dheireadh na bliadhna.
BnG1.4	Ag amas air 18 com-pàirtichean airson 5 latha no ann an tachartasan-còmhnaidh eile.		Faicibh AC46 gu h-àrd. Cha b' urrainn dhuinn ach 15 com-pàirtichean a ghabhail airson cumail ri riaghailtean sàbhailteachd.
BnG1.5	Ag amas air co-dhiù 80 seisean ullachaidh a thabhann do sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dh'ionnsaigh Mòdan ionadail no am Mòd Nàiseanta Rìoghail		Faicibh AC41 gu h-àrd.
BnG1.6	A' lìbhrigeadh co-dhiù 30 seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig le buidhnean tràth-bliadhnaichean.		Faicibh AC13 agus AC42 gu h-àrd.
BnG1.7	A' fastadh Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar aig ìre 1 FTE gus co-obrachadh eadar Fèisean is buidhnean ealain san sgìre a bhrosnachadh.		Faicibh AC23 gu h-àrd.
BnG2.1	A' lìbhrigeadh 30 seisean ann an sgoiltean fo sheòl Fèis Blas, is co-dhiù 300 sgoilear an làthair uile gu lèir.		Chaidh 38 seiseanan ann an sgoiltean a lìbhrigeadh aig àm Blas le dràma, ceòl is seinn mar phàirt dhiubh agus còrr is 600 sgoilear an sàs annta.
BnG2.2	A' cumail co-dhiù 30 tachartas fo sheòl Fèis Blas 2022.		Faicibh AC21 gu h-àrd.
BnG2.3	A' stèidheachadh coimisean ùr airson luchd-ciùil a thèid a thaisbeanadh aig 4 cuirmean tro Fèis Blas 2022.		Faicibh AC4 gu h-àrd.
BnG3.1	A' cumail co-dhiù 100 seisean dràma Gàidhlig ann an sgoiltean.		Faicibh AC10 gu h-àrd. Thèid seo a choileanadh gu tur.
BnG3.2	A' cur Sgoil Samhraidh Dràma air dòigh le co-dhiù 15 com-pàirtichean.		Faicibh AC5 gu h-àrd.
BnG3.3	A' cur air dòigh dealbh-cluich na Nollaige le cuairt timcheall air 20 sgoil anns a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, is aon taisbeanadh sruthadh beò air-loidhne.		Ri chur air dòigh ann an R3.

BnG3.4	A' cur dealbh-chluich ùr air dòigh airson sgoiltean a' tabhann foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh, le cuairt timcheall 20 sgoiltean (no air a thabhann do 20 sgoiltean air-loidhne).		Faicibh AC10 agus CS11 gu h-àrd.	
BnG4.1	A' sruthadh co-dhiù 15 cuirmean air-loidhne tro Fèis TV (is co-dhiù 6 taobh a-muigh Fèis Blas 2022).		Faicibh AC60 gu h-àrd. Bidh tuilleadh ann fhathast.	
BnG4.2	A' dealbhachadh 6 sreathan ùra de bhideothan airson seirbheis Oide is a' toirt fàs 5% air àireamhan luchd-cleachdaidh thairis air àireamhan 2021-22.		Faicibh AC60 gu h-àrd.	
BnG5.1	Gun cuir a' bhuidheann am Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh, le Gàidhlig mar a' phrìomh chanan làitheil anns an àite-obrach agus gun tèid a' Ghàidhlig a cleachdadh airson na buidhne a riaghladh.		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo. Bidh Fèisean nan Gàidheal ag obair tro mheadhan na Gàidhlig agus tha sin follaiseach anns an pàipearan a bhios gan ullachadh airson coinneamhan a' Bhùird, mar eisimpleir, conaltradh taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne agus nar sanasachd anns na meadhanan sòisealta agus stuth foillsichte.	
BnG5.2	Gum feumar fios às ùr a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig cho luath 's a bhios atharrachadh ann am ballrachd bòrd no luchd-obrach na buidhne.		Chan eil atharraichean air a bhith ann aig ìre a' Bhùird-stiùiridh agus tha am fiosrachadh as ùire ri fhaighinn tron cheangal seo feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/. Dh'fhàg air n-Oifigear Pròiseict san Ògmhios airson obair ùr a ghabhail. Tha ar n-Oifigear Leasachaidh anns na h-Eileanan Siar air fòrladh màthaireil ach tha cuideigin na h-àite a' dèanamh na h-obrach rè ùine. Dh'fhàg aonan de ar n-Oifigearan Leasachaidh san Lùnastal agus chan eil e air a bhith comasach an dreuchd a lìonadh gu ruige seo.	
BnG5.3	Gum feumar geàrr-chunntas coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne a chur gu Bòrd na Gàidhlig aon uair 's gu bheil iad deiseil.		Bidh pàipearan a' bhùird, le geàrr-chunntasan nan coinneamhan nam measg, a' dol gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach.	
BnG5.4	Gum feumar leth-bhreac de dh'aithisg bhliadhnail agus cunntasan na buidhne a chur gu Bòrd na Gàidhlig aon uair 's gu bheil iad air am foillseachadh.		Bha ar n-aithisg bhliadhnail air a foillseachadh san t-Sultain agus air a cur gu Bòrd na Gàidhlig.	
BnG5.5	Gu bheil a' bhuidheann a' leantainn an stiùiridh Fair Work First bho Riaghaltas na h-Alba.		Tha Fèisean nan Gàidheal air aithneachadh mar *Living Wage Employer* agus bidh pàigheadh a rèir phoileasaidhean nan ùghdarrasan ionadail.	
BnG5.6	Gu bheil a' bhuidheann agus an luchd-obrach a' leantainn an lagha, riaghailtean agus stiùireadh Riaghaltas na h-Alba co-cheangailte ris a' choròna-bhìorais.		Tha modhan suidhichte againn airson tachartasan a bhios sinn fhìn no na Fèisean a' cur air dòigh, le cunnradh mu chumail ri riaghailtean co-cheangailte ri maoineachadh.	
BnG5.7	Gu bheil a' bhuidheann a' cur poileasaidh àrainneachd an gnìomh gus a' bhuaidh air an àrainneachd a lughdachadh.		Faicibh AC57 gu h-àrd.	
BnG6.1	Gu bheil a' bhuidheann ag aithneachadh taic-airgid a' Bhùird anns gach pròiseact air an cur an gnìomh le taic an Tabhartais ann an co-rèir ris an Stiùireadh Aithneachaidh (mar a thèid ùrachadh bho àm gu àm), le fianais air a thoirt seachad anns gach aithisg adhartais air mar a tha seo ga chur an gnìomh.		Thèid fianais fa leth air adhart do Bhòrd na Gàidhlig ach tha e follaiseach anns gach sanas agus sna meadhanan sòisealta gu bheil aithne ga toirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.2	Gu bheil co-dhiù 6 brathan-naidheachd air am foillseachadh leis a' bhuidhinn gach bliadhna a bhios a' soilleireachadh obair na buidhne agus ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig.		Chaidh co-dhiù 6 sanasan naidheachd a sgaoileadh gu deireadh R2 far an deach aithne a thoirt do thaic a' Bhùird.	

BnG6.3	Gu bheil fios ro-làimh air brathan-naidheachd air a thoirt dha sgioba conaltraidh a' Bhùird le cothrom airson beachdan a thoirt seachad mus tèid fhoillseachadh.		Chaidh aithris iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig airson 4 sanasan gu deireadh R2.	
BnG6.4	Gu bheil làrach-lìn is cunntasan meadhanan sòisealta na buidhne air an ùrachadh gu cunbhalach leis na naidheachdan às ùire mu obair na buidhne, le aithneachadh iomchaidh air taic maoineachaidh a' Bhùird.		'S i obair làitheil a tha seo agus tha taic Bhòrd na Gàidhlig ga h-aithneachadh aig a h-uile cothrom a tha iomchaidh.	
BnG6.5	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh agus oifigearan lomairt aig Comunn na Gàidhlig.		Tha conaltradh ann eadar oifigearan fa leth aig Fèisean nan Gàidheal agus CnaG ach tha daonnan tuilleadh co-obrachadh a dhìth. Bidh oifigearan bhon dà bhuidheann a' gabhail pàirt ann an lìonradh nan Oifigearan Gàidhlig. Bha oifigearan bhon dà bhuidheann an sàs ann an còmhraidhean mu Phlana Gàidhlig Thiriodh.	
BnG6.6	Gun gabh a' buidheann-fhaotainn pàirt ann agus gun toir iad fiosrachadh iomchaidh uile seachad gu rannsachadh sam bith air a stiùireadh leis, no às leth, a' Bhòrd air obair nam buidhnean Com-pàirtichean Lìbhrigidh thar 2019 gu 2022.		Ghabh sinn com-pàirt san rannsachadh a rinn DC Consulting.	
BnG7	Gun tèid beachdan a chruinneachadh bho chom-pàirtichean san obair agaibh a bheil iad aontachadh no eas-aontachadh ri na h-abairtean gu h-ìosal, stèidhichte air slatan-tomhais Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23, agus iomradh air na freagairtean air a thoirt seachad sna h-aithisgean adhartais: • "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice" • "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo sgilean Ghàidhlig a thoirt air adhart" • "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air cur ris mo bheachd air cho cudromach sa tha a' Ghàidhlig do dh' Alba"		Tha cothroman gan cruthachadh tron phrògram againn. Tha obair a' dol air adhart gus fianais a thrusadh tron t-siostam measaidh againn agus bidh barrachd fhianais san aithisg air a bheil iomradh ann an AC22 gu h-àrd.	
BnG8	Gum bi a' bhuidheann a' cur Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba air adhart agus a' toirt aithne dha an lùib na h-obrach agaibh agus sibh a' togail bratach na Gàidhlig mar phàirt den t-sanasachd a nì sibh.		Faicibh AC10 agus AC31 gu h-àrd.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R2.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. Ge-tà, tha Comhairle na Gàidhealtachd air maoin a phàigheadh dhuinn airson 2022-23 agus tha sinn a' dèanamh oidhirp a chumail ri targaidean a bh' ann an Aontaidhean Ìre Seirbheis roimhe, 's iad sin taic a chumail ri Fèisean na Gàidhealtachd agus Blas a chur air adhart gu soirbheachail.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	Taic-airgid do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2022-23.	

			Chaidh tabhartasan luach £37,247 a thairge do dh'Fhèisean na sgìre a' cleachdadh £12k de mhaoin na comhairle. Bha cothrom aig Fèisean taic a bharrachd iarraidh tron Stòras Leasachaidh againn.	
CEB2	Taic ri Fèisean gnìomhan a ghabhail os làimh airson leaudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.		Tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal air a bhith ann an còmhraidhean mu Phlana Gàidhlig Thiriodh agus àite na Fèise ga chur an gnìomh. Faicibh cuideachd AC29 agus AC54 gu h-àrd. Chaidh tachartas le tòrr Ghàidhlig – *Talamh Beò* – a chur air adhart ann an Ionad Achadh na Creige san Òban aig Blas san t-Sultain 2022.	
CEB3	Taic airson Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil le trèanadh agus ùine bhon sgioba obrach (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Chaidh Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil air adhart san luchar agus bha trèanadh fad seachdain aig na ceòladairean òga ro làimh aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd. Faicibh cuideachd AC38 agus AC38 gu h-àrd. Chaidh £7,200 a thoirt do Chèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil. Ghabh òigridh bhon bhuidheann Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil pàirt ann an tachartas Blas ann an Inbhir Nis le buidheann òg às a' Chuimrigh, Avanc.	
CEB4	Ùine Oifigearan Leasachaidh air a chosg air Fèisean Earra-Ghàidheil 0.6 CRLU.		Bha dà Oifigear Lesachaidh a' cumail taic ris na Fèisean (co-ionnan ri 0.6 ILT) ach dh'fhàg aonan dhiubh agus cha deach an dreuchd a lìonadh fhathast. Tha Manadisear Leasachaidh na buidhne a' cumail taic ris na Fèisean fhad 's a tha an dreuchd bàn.	
CEB5	Taic bho luchd-obrach eile le rianachd, ionmhas agus cànan a chleachdadh (pro-rata a-rèir àireamhan Fèisean).		Faicibh AC1, AC2, AC6, AC9, AC18, AC23, AC24, AC29, AC36, AC48, AC51, AC52 and AC54 gu h-àrd.	
CEB6	Seirbheisean do dh'Fhèisean na sgìre le deauchainnean sgrùdaidh, àrachas, ionnsramaidean ciùil air iasad (cosgaisean pro-rata)		Faicibh AC7, AC8 agus AC25 gu h-àrd.	
CEB7	Trèanadh do luchd-teagaisg/eagrachaidh (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Faicibh AC26, AC33, AC34 agus AC36 gu h-àrd.	
CEB8	Obair dràma ann an sgoiltean Earra-Ghàidheal is Bhòid (amasan foghlaim).		Gheibh sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid buannachd bhon obair aig Hùb Hàb, Meanbh-Chuileag agus Dealbh-chluich na Nollaige.	

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg̀ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Dùbhlachd 2022

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.01(b)

Ainm	**Art MacCarmaig**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

23.09.22 Coinneamh a' Bhùird agus a' Choinneamh Bhliadhnail
24.09.22 An làthair air a' Cho-labhairt Bhliadhnail ann an Sruighlea
26.09.22 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
27.09.22 Coinneamh buidheann-obrach geàrr-ùine an riaghaltais mu chothroman airson na Gàidhlig
29.09.22 Com-pàirt ann an co-labhairt aig Comhairle Breatainn agus Èirinn ann an Conamara
05.10.22 Còmhradh le Fèis Phàislig mun iarrtas acs don Stòras Leasachaidh
06.10.22 Còmhradh le Bryan Beattie mu choimisean ùr ciùil airson Caisteal Inbhir Nis
10.10.22 Coinneamh mìosail ceannardan nam buidhnean Gàidhlig
24.10.22 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
28.10.22 Coinneamh le Joanna Peteranna, HIE
01.11.22 Coinneamh de Phanail Tasgadh
08.11.22 Coinneamh le Siobhan NicAnndrais bho Alba Chruthachail mu phlana CII na buidhne
08.11.22 Coinneamh sgioba Fèisean nan Gàidheal
11.11.22 Agallamh le Bòrd nan Gàidhlig airson nam meadhanan sòisealta aca
14.11.22 Coinneamh mìosail ceannardan nam buidhnean Gàidhlig
15.11.22 Coinneamh de Bhuidheann-obrach nan Ealan Traidiseanta aig Alba Chruthachail
21.11.22 Coinneamh le Kirsty Moyes, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
21.11.22 Coinneamh buidheann-obrach geàrr-ùine an riaghaltais mu chothroman airson na Gàidhlig
28.11.22 Coinneamh de Phanail Maoin nan Ealan Gàidhlig
28.11.22 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
30.11.22 Coinneamh de Bhuidheann Thar-pàrtaidh na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba
05.12.22 Còmhradh air loidhne leis na Fèisean
09.12.22 Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh

Deasbad ann am Pàrlamaid na h-Alba

Chuir mi fios air grunn bhuill phàrlamaid mu obair Fhèisean nan Gàidheal air thoiseach air deasbad mun Ghàidhlig agus Albais ann am Pàrlamaid na h-Alba air 15mh Samhain. Chaidh obair nam Fèisean ainmeachadh le trùir de na buill. Gheibhear lethbhreac den Aithisg Oifigeil tron cheangal seo.

Na Trads

Tha sinn a' cumail taic a-rithist ri Talla nan Seòid, aig cosgais £840.00, aig Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba a bhios a' tachairt air 4mh Samhain ann an Dùn Dè.

FilmG

Tha mi air aontachadh taic a chumail ris a' Bhuidheann Òg as Fheàrr san fharpais FilmG. Bidh an duais seo a' comharrachadh fhilmichean air an dèanadh le buidheann, leithid buidheann-sgoile, le cuideam air co-chleasachd agus mar a thàinig buidheann còmhla. Gheibh britheamhan stiùir a bharrachd bho oidean agus sgoiltean agus thèid measadh a dhèanamh cuideachd air càileachd an fhilm. Bidh cuirm nam duaisean san Old Fruitmarket ann an Glaschu, Diardaoin 16 Gearran 2023.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh.

- Chur sin mach litrichean agus phàigh mi airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2022-23. Phàigh sin a-mach airgead ath-slànachadh Covid aig deireadh Am Mhàirt. Phàigh sin a-mach a' chiad cuid de airgead Treòir cuideachd. Chaidh £209,096.40 airgead tabhartasan 2021-22 a-mach.
- Chur mi mach litrichean tairgse airson Maoin Leasachadh nam Fèisean a-mach agus tha airdead air a'phàigheadh a-mach a-nis.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Sandy Gray feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Chaidh maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a bha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan.
- Bha mi trang chur air dòigh cùisean airson a' Co-labhairt Bhliadhnail 2022 air 23/24 Sultain 2022. Bha sin aghaidh ri aghaidh ann an Taigh-òsta Gàidhealach, Struighlea.
- Bha mi air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean ach tha Luke a' gabhail seo os laimh. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Fèis Alba & Cèilidh air Chuairt airson na co-òrdanaichean.
- Chan eil iarrtas mòr air a bhi air ionnsramaidean chùil a chur a-mach gu ruige seo. Tha Luke a' coimhead às deidh seo a-nis.
- Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh agus bha feadhainn ri chàradh agus feadhainn gun fheum. Chaidh feadhainn a-mach air màl cuideachd. Chur Eilidh NicCoinnich, Fèis an Earraich, clàrsaich air dòigh dhuinn. Chaidh accordions a chur air dòigh cuideachd.
- Chuir mi àrachas air dòigh airson FNG agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus chaidh seo ùrachadh a-rithist air 22 Gearran 2022.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 22/23 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh iad a-mach às dèidh aonta aig a'Coinneamh Bhliadhnail.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Fhuair Fèis an Tairbeirt, Fèis a' Bhaile, Fèis Spè, Fèis na h-Oige, Fèis Latharna agus Fèis na h-Apainne an cothrom seo. Tha 24 duine air pairt a ghabhail an trèanadh Dìon Chloinne. Tha sinn a' toirt taic do Grant MacPharlain, Fèis Phàislig, leis an Cùrsa Adhartais aig Sàbhal Mòr Ostaig.
  Rinn Karl MacRath trtrèanadh còmhla ri oidean Treòir (Fèisean). Chaidh trèanadh sgilean agallamh agus 'podcasts' air adhart anns a'Mhàirt. Bha Sandra NicLeòid a'gabhail pàirt ann an trèanadh togail airgead aig A&B. Rinn mi fhèin agus Arthur trèanadh Intro to Trans Awareness. Tha mi cur air dòigh trèanadh luchd-obrach air 14 Dùbhlachd ann an Inbhir Nis.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd. Tha Luke a dèanamh trèanadh larach-lin bhon taigh còmhla ri luchd-obrach mar a bhios a' dhìth. Rinn Eilidh C trèanadh InDesign còmhla ri Luke.

- Tha sinn a' cuideachadh Fhèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. Chur mi poileasaidh ùr air dòigh airson Àite Dìonta.
- Chaidh Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar am bliadhna.
- Tha Luke a'coimhead às dèidh Tasgadh agus MEG cuideachd.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Cleachdiaigantaigh, Guth nan Gael, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh, Treòir (Fèisean) , Treòir|Voar|Virr agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Luke a' toirt taic dhomh le seo a-nis.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

- Chaidh Fèis Bhlas air adhart anns an t-Sultain 2022. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
- Bha 5 Chèilidhean air Chuairt a' ruith ann an 2022-23agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach dhaibh. Bha trèanadh a'dol air adhart aig Fèis Alba anns an Iuchar 2022.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh co-dhi`u latha san t-sheachdain ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire agus Oifigear Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Skype gu cunbhalach agus coinneamhan Zoom far a feum mi a bhith ann.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr airson Peigi Ann, Eilidh NicCarmaig agus Nicola. Thoisich Peigi Ann Shields còmhla rinn anns a' Chèitean agus Eilidh NicCarmaig anns an Ògmhios. Bha Lauren Ann Nicilleathain air Sgeama Greis Gnìomhachais an uiridh. Tha Sìne Amos (oifis Port-Rìgh) & Padraig Mac a'Phearsain (oifis Inbhir-Nis) againn am bliadhna air Sgeama Greis Gnìomhachais.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Chur mi seachad ùine air-loidhne còmhla ri Seumas MacIver bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 30 Sultain 2022
- Thug mi taic do Luke a' cur air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd agus eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg dèante.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Mhàirt 2022.

Ainm	**Calum Ailig Macmhaoilein**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

Tha e na adhbhar toileachais gu bheil sinn faicinn barrachd is barrachd a' tachairt le na Fèisean air feadh na dùthcha às dèidh dà bhliadhna dùbhlanach. Tha mi a' cumail taic is stiùir ri na h-

oifigearan leasachaidh a tha ag obair gu dlùth ri na Fèisean. Bho na dh'fhàg Karen Oakley san Lùnastal tha mi air a bhith cumail taic ri na Fèisean a bha fo a' stiùir.

Tha mi cuideachd a' cumail taic ri Fèisean an Eilean Sgitheanaich an-dràsta, a' dèanamh cinnteach gu bheil an taic iomchaidh aca airson na pròġramannan aca a lìbhrigeadh.

As na seachdainean a tha romhainn bidh sinn a' coimhead ri Sgeama Tabhartasan nam Fèisean fhosgladh a-rithist 's tha mi an dùil am foirm air-loidhne ùrachadh gus am bi e nas fhasa do Fhèisean a lìonadh.

Stòras Leasachaidh
Leis an taic-airgid a fhuair sinn bho Alba Chruthachail chuir sinn dà Chuairt den Stòras Leasachaidh air dòigh. Bha mi an sàs le bhith ag ullachadh stiùireadh agus foirm-iarrtais air-loidhne airson an stòras agus cuideachd as na co-dhùnaidhean. Uile gu lèir chaidh £130,000 a thabhann do 21 Fèis airson taghadh farsaing de phròiseactan, tachartasan is cothroman obrach airson leasachaidhean ùra a thoirt gu buil.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2022
Bha còrr is 40 tachartas againn mar phàirt den Fhèis am bliadhna, le consartan is cèilidhean a' gabhail àite air feadh na Gàidhealtachd a thuilleadh air cuairt sgoile Mheanbh Chuileag agus bùithtean-obrach air-loidhne. Bha mi an sàs le bhith a' cur an fhèis air dòigh 's bha mi toilichte gun d'fhuair mi air grunnan thachartasan a fhrithealadh.

Tha mi air aithisg ullachadh a tha mar phàirt dha na paipearan seo.

Trèanadh Luchd-obrach
Rinn mi fhìn trèanadh ciad-cobhair san Iuchar. Bidh mi a' gabhail pàirt ann an trèanadh còmhla ris an còrr dhan sgioba san Dùbhlachd.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg
Tha cuid mhath dha na comataidhean air a bhith an sàs le trèanadh dìon-chloinne, cùram cloinne, Gàidhlig is eile air a' bhliadhna. Bha seiseannan mun phoileasaidh ùr air 'Àite Dìonta' air a lìbhrigeadh air-loidhne dhaibh. Bidh cothrom Còmhraidh againn airson comataidhean tràth air an ath mhìos 's gum faigh iad air naidheachdan is planaichean a thoirt seachad do chàch a chèile.

Fuaran
Bidh sinn a sansachd airson an ath bhuidheann de sheinneadairean a dh' aithghearr le dùil gum bi am pròiseact a' tòiseachadh sa Ghearran. Tha sinn an dòchas gum bi cothrom ann a thighinn còmhla airson bùithtean-obrach a dhèanamh aig toiseach gnothaichean le tuilleadh cothroman ionnsachaidh air-loidhne dha na com-pàirtichean às dèidh seo airson an cuideachadh leis an rannsachadh aca. Bidh sinn ag amas air clàraidhean a dhèanamh dhan an òigridh ro dheireadh an t-Samhraidh 2023.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

#Cleachdiaigantaigh
Tha podcasts de na còmhraidhean a bha mar phàirt de Chafé Bheairteis a-nis ri fhaighinn air-loidhne. Tha sinn a' dèanamh rannsachadh an-dràsta le òigridh air dè bu chaomh leotha a dhèanamh mun chafe 's bheil iarrtas fhathast ann airson cothrom còmhraidh air-loidhne, no bheil feum air coimhead air rudeigin eile a dhèanamh a bhios nas freagarraiche.

5Latha
Bha 5 Latha san luchar glè shoirbheachail 's tha mi a-nis ag ullachadh airson an ath thachartas a thèid a chumail eadar 3-8 Giblean 2023. Bidh sanasachd air a' sgaoileadh tràth san Dùbhlachd.

Seiseanan Seinn
Thànaig an co-obrachadh leis a' Chomunn Gàidhealach le na Cèilidhean mun Chagailt gu ceann aig àm a' Mhòid Nàiseanta le 4 seiseannan seinn rè na seachdain. 'S e co-obrachadh air leth soirbheachail a bh' ann, a thòisich aig àm doirbh nuair nach robh cothrom a bhith cruinneachadh airson seinn a dhèanamh còmhla. Bidh sinn a' coimhead air Tac an Teine a thòiseachadh a-rithist ann an Inbhir Nis sa bhliadhn' ùr agus coimhead a bheil cothroman a leithid a dhèanamh ann an sgìrean eile.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV
Chaidh 9 cuirmean a shruthadh rè Blas 2022. Bidh leasannan ann am Piana a' dol suas air Oide a dh'aithghearr 's bidh sinn a' coimhead air mar a ghabhadh an seirbheis seo a leudachadh anns an àm ri teachd.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach
Tha mi ag obair bhon taigh a' mhòr chuid dhan ùine ach a' dèanamh barrachd feum den oifis a-nis mar a tha an còrr dhan sgioba. Dh'fhàg Karen is Laura a' bhuidheann as na mìosan a dh'fhalbh 's tha sinn taingeil dhaibh airson na rinn iad san ùine a bha iad còmhla rinn. Tha Peigi Ann air fòrladh màthaireil an-dràsta 's tha Sandra NicLeòid air tòiseachadh na h-àite as na beagan seachdainean a dh'fhalbh. Cha do shoirbich leinn duine fhaighinn an àite Karen fhathast, 's tha mi fhìn a' cumail taic ri na Fèisean a bh' aice gus am bi sinn air beachdachadh air an t-slighe as fheàrr dhuinn a ghabhail.

Coinneamhan is eile
Co-labhairt Comhairle Bhreatainn is Èirinn ann an Connemara (28/9)
Coinneamh le Grant MacPhàrlain mu Fèis Phàislig (5/10)
Coinneamh le Ailis Sutherland bho Ionad na Pìobaireachd (7/10)
Coinneamh Bhliadhnail Fèis nan Garbh Chrìochan (1/11)
Coinneamh le Tinderbox mu chothroman co-obrachaidh (1/11)
Coinneamh le Evelyn Coull agus Marisa Dhòmhnall CnES (2/11 agus 17/11)
Coinneamh Bhliadhnail Fèis an Earraich (22/11)
Measadh leis a' Cheannard (23/11)
Coinneamh le Calum Friseal bhon Lanntair (29/11)

Ainm	**Eilidh NicCoinnich**
Dreuchd	**Manaidsear Fèisgoil**

A' leasachadh sgilean is thàlantan

As deidh còmhraidhean eadar mi fhèin is Jack Nissan, bha coinneamh agam is aig Sgioba Leasachaidh FnG le Jack agus a cho-obraiche Jed Milroy aig Tinderbox mu trèanadh. Tha maoin-airgid aca airson iomairt ùr a chur air doigh far am bidh cothrom ann do dh'oidean agus luchd rianachd bho diofar bhuidhnean a' tadhal air seiseanan ciùil air a lìbhrig le buidhean eile airson eòlas theagaisg a leasachadh. Tha Fèis Dhùn Èideann airson a bhith an sàs le Tinderbox fhèin mar paidhleat le muinntir Tinderbox a thadhal air an Fhèis air 19.11.22

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

'S e seo an àm as trainge dhen bhliadhna airson na pròiseactan dràma agus bha Oifigear Dràma, Aonghas MacLeoid trang le sgrìobhadh, stiùireadh agus rianachd. Tha mi fhìn is Eilidh NicCarmaig fhathast a' toirt taic do dh'Aonghas le rianachd is obair eile.

Meanbh-chuileag 2022-23: Sgeulachdan an Tilley – ann an aithisg mu dheireadh bha 518 agam mar àireamh de sgoilearan an sàs ach le àireamhan deatamach againn a nise bha 495 an làthair. Tha dà earrainn ri dhol tràth anns a' bhliadhn' ùr anns na h-Eileanan an Iar agus aig Meadhna na Dùthcha.

Sporan 2022-23: Tilley Tales le Fearghas Rothach agus Pàdraig Mac a Phearsain – turas air a' Ghàidhealtachd

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	12	18	604

Panto 2022-23: Fiodhògaidho le Raonaid Cheannadach, Claire Frances NicNèil, Fearghas Rothach agus Evie Waddell air thuras air feadh na sgoiltean ann an 10 ùghdarrasan ionadail 05-16.12.22

Oidean/cleasaichean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
4	19 + 2	20	tbc

Bidh taisbeanadh poblach ann an teatar Acadamaidh Rìoghail Inbhirnis, Diardaoin 8mh Dùbhlachd le sgioba fiolmaidh ga ghlacadh airson na sgoiltean far nach bi cothrom aig sgioba chleasaiche a nochdadh am-bliadhna.

Seiseanan drama fa-leth: Bun-sgoil Bhruach a' Mhuilinn : Shrek

Thairis air na seachdainnean a dh'fhalbh lìbhrig Aonghas 14 seiseanan dràma le sgoilearan aig Bun-sgoil Bruach a' Mhuilinn ann an Inbhir Narainn le taic airgid bho Comunn nam Pàrant.
Faicibh aithisg Aonghas MacLeòid airson fiosrachadh mionaideach mu na h-iomairtean dràma air fad.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd. Tha sinn ann an co-obrachadh le Co-bhanntachd nan Ùghdarrasan Ionadail a-rithist agus tha 8 ùghdarrasan an sàs am-bliadhna:
An Eaglais Bhreac; Baile Ghlaschu; Earra-ghàidheal agus Bòd; Dùn Dè; Dùn Bhreatainn an Iar; Àir a Deas; Àir a Tuath; Àir an Ear

Teirm 1: An Eaglais Bhreac a-mhàin & Teirm 2: 8 ùghdarrasan ionadail

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
5	5	111	773
19	29	828*	2384

Clasaichean air an oidhche: sreath 2 de sheiseanan ionnsachaidh do luchd-obrach Comhairle Baile Ghlaschu An Lùnastal-An Dàmhair.

Oidean	Seiseanan	Còm-pàirtichean
6	56	75

CEÒL

ICO*: Am-bliadhna bha sinn an dùil tòiseachadh gach sreath le cèilidh air-loidhne far am bi na h-òidean ann an dithisean neo buidhnean beaga a' lìbhrigeadh cuirm-ciùil do na clasaichean far am bi iad ag obair am-bliadhna. Tha seiseanan leantainneach aghaidh-ri-aghaidh fo sheòl a rithist cuideachd.

Seinn: Uibhist: ICO: Sgoiltean Uibhist aghaidh-ri-aghaidh le Peigi Nic a' Phiocair agus sgoiltean Barraigh, a' mhòr chuid cò dhiù, air-loidhne le Claire Frances NicNèill.

Teirm 2 2022-23 Uibhist (l1) & Barraigh (l2); iomlan (l3)

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	4	60	313
1	2	28	105
2	6	88*	418

Acadamaidh a' Mhòid: bha sinn a' lìbhrigeadh seiseanan taic ann an co-obrachadh leis a' Chomunn Ghàidhealach agus Comhairle Siorrachd Pheairt is Cheann Rois agus as deidh seiseanan seinn le Claire Frances NicNeìl ghabh 12 clann bho Bun-sgoil Ghoodlyburn pàirt anns an taisbeanadh Ar Cànan is Ar Ceòl air a stiùireadh le Patsy Reid mar phàirt de Mòd Nàiseanta Rìoghail 2022 ann am Peairt. Àireamhan Acadamaidh a' Mhòid 2022 uile gu lèir

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
7	11	183	642

As deidh seiseanan Acadamaidh a Mhòid fhuair sinn fios bho neach-teagaisg gu bheil barrachd uidh aig a' chlann anns na h-òrain Gàidhlig agus tha club seinn aca latha san t-seachdain as deidh na sgoile.Tha beagan taic airgid air fhàgail agus tha sinn ann an conaltradh le luchd-teagaisg Bun-sgoil Ghoodlyburn pròiseact seinn fa-leth a chur air doigh an ath theirm far am bi clann a' dèanamh rannsachadh air Gàidhlig agus ceòl bhon sgìre aca pèin.

Pròiseactan fa-leth

TVV a bharrachd : Òrain air chall: tha Anna Mhàrtainn an sàs mar prìomh neach-rannsachaidh, òrain a thaghadh le taic bho Alasdair MacIlleBhàin (Muile), Barry Nisbit and Jenny Sturgeon ann an Sealtainn agus tha sinn a' faighinn taic fa-leth do Tasglann/Sgoil Eòlais na h-Alba, gu h-àraidh mu òrain as an Arcaibh agus Sealtainn agus bho Tobar an Dualchais. Tha clàran-ama a' tighinn ri chèile agus bi na pròiseactan a' tachairt eadar Am Faoilleach agus Am Mart 2023 le cèilidhean ionadail aig deireadh cuid de na pròiseactan.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Taisbeanaidhean: còmhla ri Arthur agus Calum Ailig bha cothrom agam pairt a' gabhail ann an tachartas Ar gConair, as leth Fèisean nan Gàidheal agus cultar na Gàidheal Albannach.

Eòlas air a' Ghàidhlig:

Ùghdarras Poilis na h-Alba: gu mi-fhortanach bha Màiri Anna NicUalraig bochd air an 7mh nuair a bha sinn an dùil seisean a' ruith. Tha mi ann am conaltradh mu ceann latha eile.

Stóras Mara Cailleannach Eta (CMAL): bha ceann latha againn 03.11.22 ach gu-mifhortanach le stailcean rèile chuir iad dheth ach tha sinn an dùil latha eile a chur air doigh le luchd-obrach CMAL air 15.12.22

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Chuir mi tagradh a-steach airson maoineachaidh CYPFAL – diofar phròiseactan fo bhratach 'Cànan'. Tha sinn a' feitheamh air fios.

Bha measadh agam còmhla ri Arthur ann an Inbhirnis air 11.11.22 agus coinneamhan eile le luchd-obrach FnG agus daoine taobh a-muigh na buidhne, nan measg: Tinderbox, Comhairle Baile Ghlaschu, An Comunn Gàidhealach, CnES, Ùghdarras Poilis na h-Alba agus oidean Fèisgoil agus nochd mi aig coinneamh MEPG

*Stailcean luchd teagaisg Diardaoin 24.11.22 – cha do thachair 76 seiseanan Fèisgoil air an latha sin.

Ainm	Nicola Simpson
Dreuchd	Àrd Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Bidh clasaichean seachdaineil a' ruith gach Dimàirt agus Disathairne agus fhuair an Fhèis taic-airgid bhon stòras leasachaidh airson na clasaichean aca a' cumail a' dol dhan Ghiblean.
- Às dèidh dàil ghoirid, tha obair a' dol air adhart air an leabhar-teagaisg ùra aig an Fhèis agus bidh e deiseil airson chlò-bhualadh a dh'aithghearr.
- Bidh an Fhèis a' ruith dà tachartas ro àm na Nollaig, bùthan-obrach agus cèilidh air Oidhche Naomh Anndra agus latha Fèise na Nollaige.
- A bharrachd air taic airson na clasaichain leantainneach, fhuair an Fhèis beagan a bharrachd airgid airson Cèilidh air Chuairt a thòiseachadh ann an 2023.
- Chaidh an choinneamh bhliadhnail a chumail aig tòiseach an Samhain agus chuir an comataidh fàilte air dha no thrì buill ùra.

Fèis Chataibh

- Chaidh coinneamh fosgailte air adhart, ann an Goillspidh air 21mh an t-Samhain, gus an Fhèis ath-bheòthachadh agus thàinig ochdnar air adhart airson comataidh ùr a stèidheachadh.
- Dh'aontaich a' bhuidheann cinn-latha airson coinneamh an ath mhìos agus coinneamh bhliadhnail air 16mh Faoilleach leis an dùil gum bi iad a' ruith latha Fèise sa Mhàrt agus seachdain Fèise san luchar.

Fèis a' Bhaile

- Tha an club-bogsa fhathast a' dol agus fhuair an Fhèis beagan airgid bho an stòras leasachaidh airson club feadan a thòiseachadh anns a' bhliadhn' ùr.
- Chaidh am prìomh Fhèis air adhart bho 10 – 14 an Dàmhair aig Bun sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus bha e gu math soirbheachail le barrachd air 60 compàirtichean. Chuir an Fhèis fàilte air sgìoba ùr de dh'oidean òga agus bha deagh sheachdain aca ag ionnsachadh agus ag obair leis na h-oidean a tha nas eòlaiche.
- Aig an Fhèis bhruidhinn a' chomataidh ri grunn phàrantan mu dheidhinn tighinn air a' comataidh agus leis a sin, tha iad a' cumail coinneamh fosgailte san Dùbhlachd airson ùidh a thogail agus fiosrachadh a sgaoileadh.

Fèis Inbhir Narainn

- Tha na clasaichean leantainneach air ais aghaidh ri aghaidh às dèidh feasgar soirbheachail 'Thig agus Cluich' san Dàmhair agus tha dà fhichead a' gabhail pàirt annta.
- Chaidh a' choinneamh bhliadhnail air adhart air an 3mh latha den Dàmhair agus tha co-dhiù aon ball ùra air a' chomataidh. Tha an comataidh dòchasach gum bi barrachd pàrantan deònach a' bhith sàs leis a' chomataidh anns an teirm ùr.
- Tha an Fhèis airson Latha Fèise a' ruith mar phàirt de Sheachdain na Gàidhlig sa Ghearran.

Fèis Obar Dheathain

- Bidh na chlasaichean seachdaineil ann am fidheall agus clàrsach, le measgachadh de dh'ionnsachadh air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh, a' ruith gu àm Nollaig agus tha an comataidh an dùil feadan agus clas ealain a' thoisesachadh anns a bhliadhn' ùr cuideachd. Tha na seiseanan aghaidh ri aghaidh a tachairt aig an aon àm ri 'Srubag' a tha a' ruith eadar Fèis Obar Dheathain agus Club Ghàidhlig Obar Dheathain airson cothrom a thoirt do pharantan beagan Gàidhlig a' bhruidhinn no ionnsachadh.

- Bidh bùth-obrach seinn Nollaig, air a' lìbhrigeadh le Gillebrìde Macillemhaoil, a tachairt air 18 Dùbhlachd air Zoom agus bidh e fosgailte do dhuine sam bith le Gàidhlig.
- Bidh am prìomh Fhèis a' ruith bho 3 – 7 Giblean 2023.

Fèis Spè

- Tha na clasaichean leantainneach agus na còmhlain a' cumail a' dol mar as àbhaist.
- Chaidh am prìomh Fhèis air adhart eadar 10 agus 14 den Dàmhair anns an Aghaidh Mhòr le 70+ compàirtichean.
- Bha tachartas còmhnaidh aig còmhlain Fèis Spè aig deireadh an Dàmhair leis na h-oidean a leanas: Erin Rae, Michael Biggins agus Mhairi Hall agus chòrd e riutha gu mòr a' bhith cluich còmhla.
- Bidh a' choinneamh bhliadhnail a' tachairt air 11 Dùbhlachd.
- Tha mi ag obair le Sophia agus Elspeth airson iarrtas a chur a-steach dhan sgeama 'YMI Access to Music Making' aig Alba Cruthachail. Cuideachd, 's e nominated charity a th'ann an Fèis Spè an-dràsta airson an Co-op Community Fund.
- Le taic-airgid bho Bòrd na Gàidhlig tha an Fhèis a' ruith sreath de chlasaichean Gàidhlig airson inbhich ann am Baile Ùr an t-Sleibhe an-dràsta. Ma tha ùidh gu leòr ann, tha iad an duil, sreath eile a' ruith sa bhliadhn' ùr.

Fèis Ghallaibh

- Bha a' chiad latha Fèise, às dèidh Covid, aig Fèis Ghallaibh aig deireadh an Lùnastail agus tha trì làithean a bharrachd air a' bhith aca bho an uair sin le sia compàirtichean deug an làthair gu cuibheasach.

Fèis Mhoireibh

- Tha iad a' leantainn orra le clasaichean seachdaineil ann an clàrsach is bogsa.
- Tha an Fhèis an dùil buitean-obrach a chur air dòigh anns na mìosan a tha ri thighinn airson ùidh a thogail san Fhèis.
- Bu toil leam coinneachadh ri an cathraiche Steph Christie ro àm Nollaig gus plana a chur air doigh airson na bliadhna ùire.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Fèis Alba/Ceilidh Trails

- Tha mi a' feuchainn ri coinneamh a chur air dòigh airson còmhradh fhaighinn leis a h-uile duine a bha an sàs leis na Cèilidhean air Chuairt am bliadhna seo agus an fheadhainn a tha an dùil ri Cèilidh Trail neo gigs a chuir air dòigh sa choimhearsnachd aca fhein an ath-bhliadhn' airson a bhith cinnteach gum bi airgead agus taic gu leòr aca airson na tha iad an dùil a dhèanamh.

Sruth

- Anns an Dàmhair rinn na com-pàirtichean Albannach bùth-obrach air-loidhne le Brian o hEadhra mar ullachadh airson an turas gu Eirinn. Gu mi-fhortanach, bha an turas air a chur dheth le an Aonad Oriel gu math faisg air an àm air sgath duilgheadasan ionmhais. Bha seo na bhriseach-dùil airson a h-uile duine, gu h-airidh na compàirtichean agus leis a sin, tha sinn a' sireadh cothrom ùr dhaibh airson a' dhol a Dh'Èirinn air àm eile.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlas mar riochdaire nam Fèisean nuair a tha e iomchaidh.

Ainm	**Abi Reid**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Bha **a' Choinneamh Bhliadhnail** aig Fèisean nan Gàidheal air an 23mh dhen t-Sultain ann an Sruighlea agus dh'obraich mi leis an sgioba leasachaidh airson òraid a cuir ri chèile mu dhìon chloinne aig a' cho-làbhairt.

Rinn mi agallamhan còmhla ri Grant McFarlane airson oide ùr son na clasaichean Fèis Bheag aig **Fèis Phàislig** air an 23mh dhen t-Sultain agus fhuair Kaitlin Ross an obair. Bha iad cuideachd a' sireadh stiùiriche-ciùil airson a' chòisir agus rinn sinn agallamhan air an 26mh dhen Dàmhair is fhuair Màiri MacGillivray an obair. Chuir sinn iarrtas a-staigh dhan Stòras Leasachaidh a bha soirbheachail. Bha Coinneamh Bhliadhnail aca air an 27mh dhen t-Samhain.

Bha Fèis aig **Fèis an Iar Dheas** air an 8mh dhen Dàmhair agus chaidh gu math. Tha iad ag iarraidh barrachd tachartasan ann an 2023. Bidh Coinneamh Bhliadhnal aca air an 13mh dhen Dùbhlachd.

Chuir **Fèis an Tairbeirt** air bhog an leabhar ùr aca, *Ceòl Earra-Ghàidheil*, air an 27mh dhen t-Samhain ann an Tairbeirt agus chaidh mi ann. Dh'obraich mi le Ailidh Robasdan airson an leabhar a chuir còmhla agus rinn Ailie an rannsachadh mar phàirt dhen pròiseact Treòir. Tha na clasaichean Treòir fhathast a' dol agus tha liosta-fheitheimh aca.

Chaidh mi gu **Fèis Spè** air an 10mh dhen Dàmhair. Chaidh gu math agus bha gu math trang.

Bha Coineamh agam le Gillian MacDonald bho **Fèis Dhùn Èideann** air an 20mh dhen Dàmhair agus bha sin a' chiad cothrom againn coinneachadh aghaidh ri aghaidh. Tha iad an dùil ri prìomh Fhèis sa Ghearran 2023.

Tha mi a-nis ag obair le **Fèis Farr** agus bidh Prìomh Fhèis aca air an 25mh agus 26mh dhen Ghearran 2023 sa Talla Coimhearsnachd.

Tha **Fèis Innis an Uillt** a' bruidhinn mu dheidhinn tòiseachadh a-rithist agus bha còmhradh agam le Yvonne Scott mu dheidhinn air an 7mh dhen t-Samhain.

Bha Prìomh Fhèis aig **Fèis Thatha** air an 19mh dhen t-Samhain agus chaidh fìor mhath le deagh chèilidh air an oidhche. Bha mi ann airson cuideachadh tron latha agus air an oidhche.

Tha **Fèis Arainn** an dùil ri Club Iomain a thòiseachadh agus bha coinneamh againn mu dheidhinn air an 24mh dhen t-Samhain. Tha iad a' stèidheachadh fo-chomataidh airson an club a ruith.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Chuir mi air dòigh tachartas **Bruidhinn Rium** air-loidhne còmhla ri See Me Scotland airson nam Fèisean air an 12mh agus 15mh dhen t-Sultain airson bruidhinn mu dheidhinn còmhraidhean air slàint inntinn.

Chuir mi **Trèanadh Gàidhlig** air dòigh a-rithist le Richard Mac a' Gobhainn air an 23mh agus 30mh dhen t-Sultain agus 7mh agus 14mh an Dùbhlachd. Tha 21 oidean agud neach taic nam Fèisean clàraichte air a shon.

Chaidh mi gu tachartas air-loidhne aig an Youth Music Initiative air an 25mh dhen Dàmhair mu dheidhinn uathachas - **Autism: inclusive settings & supporting change**.

Ghabh mi pàirt ann an tachartas air loidhne aig The BIT Collective air **Creating Accessible Environments** air an 2mh dhen t-Samhain

Bha coinneamh agam leis an sgioba FnG agus **Tinderbox** airson bruidhinn mu dheidhinn a' tadhail air pròiseactan eile air an 2mh dhen t-Samhain agus chaidh Jed agus Jack bho Tinderbox a' tadhail air Fèis Dhùn Èideann air an 19mh dhen t-Samhain.

Chaidh mi a dh' Ulapul air an 8mh dhen t-Samhain airson **Latha nan Oifigearan Leasachaidh** le Sandra Nic Leòid agus Nicola Simpson agus bha sinn a' planadh agus a' bruidhinn mu na Fèisean agus bha Calum air Zoom.

Chaidh mi gu dà thachartas air an cuir air dòigh le The Fore còmhla ri Grant McFarlane: **Developing Organisational Strategy** air an 16mh dhen t-Samhain agus **Implementing Organisational Strategy** air an 23mh dhen t-Samhain.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Sgrìobh mi brath naidheachd mu dheidhinn **pod-chraoladh Café Bheairteis** agus bha mi ag obair le Luke airson ga fhoillseachadh.

Tha mi an sàs sa **Argyll Gaelic Gathering Action Points Working Group** agus bha coinneamh againn air an 10mh dhen t-Samhain agus bha mi ag innse dhaibh mu dheidhinn an obair a than a Fèisean a dheanamh mar-thà agus rudan as urrainn dhuinn a dheanamh sa sgìre.

Rinn mi seata airson am panto-maim a-rithist am bliadhna, **Fiodhògaidhio agus an Fharpais-Ciùil**.

Ainm	**Sandra NicLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh – Na h-Eileanan Siar**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Rinn Fèisean nan Eilean Siar torr obair anns na trì miosan ud, agus tha na Fèisean an nis aig an ìre a bha iad ro chovid. Tha sinn an nis a' coimhead air adhart ri tachartasan agus co-obrachadh am measg na Fèisean, agus proiseactan an compartachas le buidhnean eile.

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Thoisich clasaichean maileòidean, bogsa-ciùil, giotàr, seiseanan ciùil tràth-bhliadhnaichean, seinn Gàidhlig a rithist san t-Sultainn.
- Fhuair iad maoineachadh bho'n Stòras Leasachaidh airson sreath de cheilidhean agus clasaichean chruthacail. Bi iad seo a' toiseachdainn sa Bhliadhn' Ur.
- Fhuair iad cuideachd maoineachadh bho'n Stòras Leasachaidh airson proiseact le Wee Studio, a' teagasg clàradh sa studio agus clàradh fuaim beò. Bi seo fosgailte gu deugairean ann an Leòdhas agus Na Hearadh air fad.

Fèis Eilean an Fhraoich

- Fhuair Fèis Eilean an Fhraoich, còmhla ri Taigh Dhonnchaidh, tuilleadh taic bhon Stòras Leasachaidh airson leigeil dha Katie MacKenzie toirt air adhart na clasaichean a' toisich i mar phairt de phròiseact Treòir.
- Tha clasaichean ceòl agus seinn air toiseachadh a rithist, clasaichean airson tràth-bhliadhnaichean nam measg.

Fèis an Rubha

- AGM soirbheachail aca, agus Iain MacAsgill a' gabhal an null mar Chathraiche. Ar taing gu Anna NicAmhlaigh agus Mairi S Mhoireach airson na rinn iad thairis na bliadhnaichean.
- Fhuair iad maoineachadh bho'n Stòras Leasachaidh airson sreath de chlasaichean drama agus dannsa.
- Tha iad ag obair còmhla ri e-sgoil air dealbh-chluiche agus tachartas sa choimhearsnachd a' comharrachadh ceud bliadhna bho'n sheòl am Metagama.

Fèis Eilean na Hearadh

- Tha iad airson na clasaichean seachdaineil ath-thòiseachadh.

Fèis Tìr an Eòrna

- AGM soirbheachail aca, le muinntir a' Bhuird a' cumail orra
- Clasaichean (air zoom) pìobaireachd, feadan, bocsa, fidheall agus giotar.
- Cèilidh aca air-loidhne 6mh Dùbhlachd còmhla ri Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath, bi seo ri fhaicinn air an duileag Facebook aca
- Ag ullachadh Fèis 2023. 3 - 7mh an t-Iuchar

Fèis Tìr a' Mhurain

- Fhuair iad maoineachadh bho'n Stòras Leasachaidh airson clasaichean seachdaineil ann am bosca, seinn, fìdheall, feadan agus drama.
- Ag ullachadh deireadh seachdain sa Ghearrainn le Ingrid NicEanraig agus Iain MacPhàrlain. Tha sinn an dòchas gum bi Fèis Tir an Eòrna an lathair cuideachd.
- Tha mu 15 an duil gabhal pairt ann an Fèis Dhannsa Bharraigh 4/5 Dùbhlachd (an urra ri aimsir/ CalMac!)

Fèis Bharraigh

- Clasaichean seachdaineil a' ruith leis a chuid as motha de chlasaichean làn
- Fèis Dhannsa Bharraigh a' tachairt 4/5mh Dùbhlachd le clasaichean ann an dannsa cèilidh, dannsa Eireannach agus dannsa eileanach le cèilidh feasgar DiSathairne.
- Ag ullachadh Fèis Dhannsa son seachdainn san t-samhraidh 2023, a bharrachd air Fèis Bharraigh fhèin.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Rinn mi cursa ghoirid còmhla re Arts & Business Scotland mu dheidhinn togail airgead, agus bha'd air a bhi gu math feumail. A measg na bha an làthair bha Drake Music Scotland agus Children's Classic Concerts. Tha na buidhnean seo ag ullachadh proiseactan a dh'fhaodadh toirt dhuinn cothrom obrachadh còmhla an doigh a choireigin, tha sinn an duil bruidhinn mu dheidhinn tuilleadh.

Rinn mi cuideachd an Cursa 'Sgilean Cànain' aig UHI.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha mi a' cur eòlais air feadhainn ann am buidhnean eile agus a' togail cheanglaichean leotha airson cothroman dha na fèisean ionadail a' leudachadh. Tha grunnan phroiseactan aig ìre thrath an drasda, tha mi a' faireachdainn misneachail mu'n deidhinn.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan

Coinneamhan gu cùnbhalach le comataidhean, an Sgioba Leasachaidh is luchd-obrach eile Fèisean nan Gàidheal.

22.09.22 Keith Morrison, Wee Studio
29.09.22 Katie MacKenzie, CNAG\
10.10.22 Màiri MacMillan, Cnoc Soillier
19.10.22 Ailean MacEanraig, UHI (post-d)
20.10.22 Calum Fraser, An Lanntair
01.11.22 Peggy Anne MacMillan, Ceòlas (fòn)
02.11.22 Lana Pheutan, Strabang, tèatar òigridh Nàiseanta na h-Alba (fōn)
03.11.22 Finlay Maclennan, Community Land Outer Hebrides
05.11.22 Jasmine Wilkie, Outer Hebrides Heritage Forum
17.11.22 Evelyn Coull MacLeod, e-sgoil
17.11.22 Marisa Macdonald, e-sgoil
18.11.22 Janet MacLeod, Urras Oighreachd Ghabhsann
23.11.22 Dr Emily Gall,Uist Unearthed
24.11.22 Màiri Bochanan, HIE
24.11.22 Graham Hogg & Steve Colmer, Lateral North

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh

Bidh mi a' lìbhrigeadh seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamhan a' bhùird agus a' toirt taic do na Fèisean far a bheil taic le dearbh-leughadh a dhìth.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

A' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh

Thathar a' tabhann chothrom-cosnaidh agus cothroman gus sgilean a leasachadh do chleasaichean le Gàidhlig tro phròiseactan leithid Hùb Hàb, Meanbh-chuileag, Sporan agus am panto Gàidhlig. Rè na Samhna chaidh neach òg le Gàidhlig agus neach òg a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig fhastadh mar chleasaichean tro Sporan, seirbheis tèatar-oideachaidh Fhèisean nan Gàidheal do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean. Chaidh triùir dhaoine òga le Gàidhlig fhastadh mar chleasaichean sa phanto Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Sporan 2022/23 – Tilley Tales

Anns an Dàmhair, sgrìobh mi sgriobt ùr stèidhte air an dealbh-chluich Mheanbh-chuileag 'Sgeulachdan an Tilley' a bha ag amas air sgoilearan ann an ceann shuas na bun-sgoile a tha ag

ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Thug mi stiùir do dh'Fhearghas Rothach agus Pàdraig Mac a' Phearsain, a chaidh fhastadh mar chleasaichean anns an dealbh-chuich agus às dèidh ceithear làithean de dh'obair-deasachaidh ann an Inbhir Nis, chaidh turas a mhair ochd latha a' lìbhrigeadh ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd eadar 7 agus 18 Samhain. Chaidh an dealbh-chluich a thaisbeanadh 18 turas ann an 12 sgoiltean ann an Inbhir Nis, an t-Eilean Dubh, sgìre Loch Nis agus siorrachd Rois.

Bun-sgoil Bruach a' Mhuilinn – Dealbh-chluich
Air Diciadain 21 Sultain, thòisich mi air pròiseact dràma le sgoilearan ann an clasaichean C1-C3 agus C4-C7 aig Bun-sgoil Bruach a' Mhulinn, Inbhir Narainn. Gu ruige seo (30 Samhain) tha mi air 8 seiseanan a chosg comhla riutha a leasachadh dealbh-chluich ùr le dùil gum faigh iad uile cothrom pairt a ghabhail ann. Tha mi'n duil obair deasachaidh a dhèanamh leis a' bhuidheann san Dùbhlachd le dùil an dealbh-chluich aca a thaisbeanadh anns a' bhliadhna ùr. Tha am pròiseact a' faighinn taic bho Chomann Phàrant na sgoile.

Panto Gàidhlig 2022/23 – 'Fiodhògaidhio agus an Fharpais-chiùil'
Anns an t-Samhain, sgrìobh mi sgriobt airson panto Gàidhlig a thèid air turas eadar 5 agus 16 Dùbhlachd. Chaidh Fearghas Rothach, Raonaid Cheanadach, Claire Frances NicNìll agus Evie Waddell fhastadh mar chleasaichean anns an dealbh-chluich. Às dèidh sreath de sheiseanan deasachaidh Zoom agus còig làithean-deasachaidh ann an Inbhir Nis eadar 27 Samhain agus 2 Dùbhlachd, thathar an dùil turas deich latha a dhèanamh le taisbeanaidhean aig 19 bun-sgoiltean agus taisbeanadh poblach aig Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis oidhche Dhiardaoin 8 Dùbhlachd. Tha planaichean stèidhte gus an taisbeanadh poblach seo fhilmeadh gus cothrom a thoirt do sgoil feadh na dùthcha ga fhaicinn ro dheireadh an teirm.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

8. Tha trusadh luchd-teagaisg anabarrach cudromach mar a tha an glèidheadh. 'S dòcha gum bi seo a' gabhail a-steach pàigheadh a bharrachd, no suim inntrigidh do luchd-teagaisg a tha deònach a dhol gu àite far a bheil dreuchd dùbhlanach a lìonadh. Feumar coimhead ri fiachan oileanaich a phàigheadh nam biodh iad deònach fuireach ann an sgoil airson beagan bhliadhnaichean. Bu chòirear beachdachadh cuideachd air ionmhas a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail a leigeadh le luchd-teagaisg, a tha airson an cuid sgilean cainnt a thoirt gu ìre airson teagaisg, bliadhna a chur seachad aig a leithid Sabhal Mòr Ostaig no UHI Innse Gall.

8. The recruitment of teachers is of utmost importance, as is their retention. This may require additional pay, or an introductory payment to ensure teachers go to places where posts are challenging to fill. Paying off student debt may be an option to be examined as a means of encouraging teachers to stay in a school for several years. The provision of finance for local authorities should be considered, to enable teachers who wish to improve their language skills and return to teach in Gaelic, to spend a year at Sabhal Mòr Ostaig or UHI Innse Gall.

A dh'aindheoin iomadh deagh oidhirp 's e suidheachadh èiginneach a th' anns a' ghainnead de luchd-teagaisg Gàidhlig agus, le sin, bu chòir do thrèanadh agus trusadh luchd-teagaisg Gàidhlig a bhith air an aon stèidh ri luchd-teagaisg STEM.

Despite many worthwhile efforts, Gaelic teacher recruitment remains in a fragile position. Therefore, we believe the recruitment of Gaelic teachers should be treated in the same way as effort to recruit STEM subject teachers.

Mar sin, tha sinn taiceil don bheachd gum bu chòir do dh'oileanaich a' breithneachadh air teagasg Gàidhlig cuibhreann-brosnachaidh fhaotainn airson an tàladh don obair agus an glèidheadh.

We are, therefore, sympathetic to the view that students considering becoming Gaelic teachers should be incentivised financially to attract them to, and retain them in, the profession.

9. Bu chòir don a h-uile ùghdarras aig a bheil plana Gàidhlig foghlam Gàidhlig (FtG no FGLI) a thabhann do sgoilearan anns an sgìre a tha iad a riochdachadh.

9. Every local authority with a Gaelic Language Plan should be offering Gaelic education (GME or GLE) to pupils in the areas they represent.

10. Tron t-seirbheis Fèisgoil, tha Fèisean nan Gàidheal air a bhith a' teagasg Gàidhlig airson mu ochd bliadhnaichean ann am bun-sgoiltean air feadh Alba. Far a bheil leantainneachd air a bhith ann, tha deagh bhuilean ann, agus tha an luchd-teagaisg cuideachd a' buannachadh agus a' togail

10. Through its Fèisgoil service, Fèisean nan Gàidheal has been teaching Gaelic for around eight years across Scotland. Where there has been continuity, there are good outcomes, and the class teachers also benefit and are encouraged by the tutors who deliver the sessions.

misneachd bho na h-oidean a bhios a' lìbhrigeadh nan seiseanan.

Mholamaid sgeama ùr ionnsachaidh Gàidhlig a stèidheachadh, coltach ri Iomairt Chiùil na h-Òigridh (ICO), far am faigheadh clann cothrom a' Ghàidhlig ionnsachadh anns a h-uile bun-sgoil ann an Alba. Ghabhadh na h-aon thoraidhean a tha ICO air a thoirt do cheòl a lìghbrigeadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig.

We would recommend a new Gaelic learning initiative, similar to the Youth Music Initiative, which would enable primary pupils in every school in Scotland to learn Gaelic. The results the YMI has brought to music-making could certainly be replicated in terms of Gaelic learning.

Dh'fheumadh leantainneachd a bhith ann, a dhèanamh cinnteach gu bheil clann ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an dòigh adhartach bho bhliadhna gu bliadhna airson a' chànain a ghlèidheadh. Le sin, bidh taic-airgid a dhìth thairis air ùine fhada. Ge-tà, bhiodh buannachdan eaconomach ann le oidean a' cosnadh gu cunbhalach agus, ma dh'fhaodte, gum biodh e na bhrosnachadh do chuid a dhol air adhart gu trèanadh teagaisg a dhèanamh.

Continuity would be vital, to ensure young people retain the language in a progressive way from year to year and, therefore, ongoing investment over a long period of time would be required. However, there would be economic benefits through the regular employment of tutors and, perhaps, the experience would be an encouragement to some to become trained teachers.

Le bhith stèidheachadh àireamh mhòr de luchd-ionnsachaidh ann am bun-sgoiltean, bhiodh aig ùghdarrasan ionadail dòighean a lorg cothroman a thabhann dhaibhsan a tha airson barrachd ionnsachadh, agus teisteanas fhaighinn, nuair a bhios iad san àrd-sgoil.

Establishing a large cohort of Gaelic learners in primary schools, would create demand for local authorities to find ways to continue Gaelic teaching in secondary schools for those who may want it and who may wish to gain a qualification.

11. Tha rannsachadh a chaidh a dhèanamh air obair Fèisean nan Gàidheal bho chonn ghoirid air dearbhadh gu bheil com-pàirt anns na h-ealain agus na cothroman obrach a tha na lùib, a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig, a' beairteachadh na Gàidhlig a-measg luchd-labhairt agus a' toirt adhbhar do dhaoine a bhith ga togail agus ga bruidhinn. Tha na cothoman a tha na h-ealain a chruthachadh do dhaoine a' toirt dhaibh misneachd an cuid sgilean Gàidhlig a chur gu feum aig an aon àm 's a tha tachartasan a' cur ris an eaconamaidh.

11. Research carried out recently on outcomes from Fèisean nan Gàidheal's programme confirmed that participation in arts activities, with the employment opportunities that brings, contributes to Gaelic use, enriching the language among speakers and giving them a reason to acquire and speak it. The opportunities arising from the arts give people confidence to use their Gaelic skills at the same time as generating economic benefits.

Chan eil eisimpleir nas fheàrr, san t-seadh seo, na obair nam Fèisean ann an iomadh coimhearsnachd air feadh na dùthcha. Ge-tà, chan eil ùghdarrasan ionadail a' dèanamh nan ceanglaichean sin no ag aithneachadh luach na h-obrach, a thaobh foghlam, chun na h-ìre a bu chòir.

There is no better example of this than the work of the Fèis movement in many communities throughout the country. However, not all local authorities make those connections nor do they recognise the value of that work, educationally, as they should.

Tha gu leòr de na h-ùghdarrasan ionadail, mar eisimpleir, a' cur làn-chosgais air Fèisean sgoiltean a chleachdadh, an àite a bhith mothachail air na buannachdan a tha na sgoilearan a' faotainn a thaobh sgilean cainnt, cultair agus misneachd.

Many local authorities for example, expect Fèisean to pay the full costs of hiring schools as venues, instead of helping to enable the benefits young people gain linguistically, culturally and in terms of building confidence.

12. Bu chòir pròg̀ram ùr a bhith ann airson sgoiltean Gàidhlig fa leth a stèidheachadh. A bharrachd air gur iad as fheàrr a thaobh bogadh agus àireamhan sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig àrdachadh, thig buannachdan eaconamach tro obair-togail.

12. There should be a new programme of establishing standalone Gaelic schools. As well as being the best way to enable immersion and increase numbers of pupils in Gaelic medium education, building works would bring economic benefits.

13. Aon uair 's gu bheil dearbhadh ann mu na tha sinn a' ciallachadh a thaobh foghlam tron Ghàidhlig, bidh feum air molaidhean a thoirt còmhla ann an ro-innleachd ùr a' gabhail a-steach foghlam tron Ghàidhlig agus luchd-ionnsachaidh. Bu chòir dleastanas a bhith aig ìre mhinistearan a dhèanamh cinnteach gun gabhadh a chur an gnìomh le ionmhas freagarrach air a chur mu choinneamh.

13. Once the definition of Gaelic medium education has been clarified and the desired outcomes agreed, recommendations would need to be brought together in a new strategy for Gaelic medium and Gaelic learner education. There should be responsibility at ministerial level for ensuring its delivery and the allocation of suitable financial resources towards it.

14. Feumar atharraichean anns an lagh a chur an sàs airson ro-innleachd a chur an gnìomh, ma bhios feum, tro Bhile nan Cànan Albannach a th' air mholadh.

14. Changes to any legislation required to deliver the strategy would need to be brought forward in the proposed Scottish Languages Bill.

15. Feumar stiùireadh reachdail ùrachadh agus modh-obrach ùr a chur an sàs airson a dhèanamh cinnteach gun gabhadh a leantainn agus a chur an gnìomh, a' gabhail a-steach puing 1-14 shuas.

15. A review and renewal of the Statutory Guidance on Gaelic Education would be required incorporating the various elements in 1-14 above.

A bheil puingean sam bith eile ann a bu mhiann leibh dèanamh mu dheidhinn solarachadh foghlam tro mheadhan na		*Are there any other points you would like to make about the provision of Gaelic medium education and Gaelic learner education in Scottish education?*

Gàidhlig is foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am foghlam Albannach?		

16. Ged a bu chòir dhuinn fhathast prìomhachas a thoirt do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, chan urrainn dhuinn ar cùl a chur tuilleadh ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an sgoiltean. Bu chòir taic ùr, nas fheàrr a bhith ann don sruth-ionnsachaidh seo. Tha feum air luchd-labhairt misneachail tron dà shruth gus am bi pailteas luchd-obrach comasach againn san àm ri teachd.

16. Although we support the continuation of priority being given to Gaelic medium education we should not, from now on, ignore Gaelic learners in schools. There should be renewed support for this stream of learning. There is a need for confident speakers of Gaelic coming through both streams if we are to have a numerically healthy and able workforce in the future.

Tha fàilte air freagairtean co-chomhairleachaidh mun cheist a bhith a' rannsachadh cruthachadh Gàidhealtachd oifigeil.
Consultation responses are invited on the question of exploring the creation of a Gàidhealtachd.

A bheil beachdan sam bith agaibh air na ceumannan a bu chòir a bhith an sàs gus taic a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig ann an sgìrean le àireamh shusbainteach de luchd-labhairt?		*Do you have views on what measures should be in place to support Gaelic speakers in areas with significant numbers of speakers?*

17. Tha Fèisean nan Gàidheal a' creidsinn gu bheil feum air coimhearsnachdan a neartachadh ma tha cor na Gàidhlig gu bhith air adhartachadh agus gu bheil feum air barrachd taic do choimhearsnachdan de gach seòrsa.

17. Fèisean nan Gàidheal believes there needs to be strengthened communities if Gaelic's situation is to improve and that all kinds of communities deserve support.

Ged a tha àm ri teachd don chànan an eisimeil daoine a bhith dealasach don Ghàidhlig agus a bhith ga cleachdadh, tha taic na stàit fhathast deatamach. Chan e a-mhàin taic don chànan a tha a dhìth ach taic do na coimhearsnachdan far a bheil, no far am faodadh, daoine an cuid sgilean Gàidhlig a chur gu feum gu làitheil.

Although the future of the language is in the hands of people who are committed to Gaelic and its use, state interventions are essential. Not only is support needed for the language itself but also for communities where people do, or could, put their Gaelic skills to everyday use.

Chan eil cothrom air a bhith againn mar bhuidheann beachdachadh gu cùramach air a' mholadh sgìrean 'Gàidhealtachd' a stèidheachadh. Leis gu bheil Plana Nàiseanta ann airson na Gàidhlig, cho math ri Plana Nàiseanta nan Eilean, chuireamaid taic ri gnìomhan co-cheangailte ri fusglaidhean a lorg air an

We have not had the opportunity as an organisation to debate the merits of establishing 'Gàidhealtachd' areas. Since there is a National Plan for Gaelic and a National Plan for Scotland's Islands, we would support a range of actions to find solutions to the housing, employment, transport and other infrastructural

staing taigheadais, gainnead obraichean, còmhdhail, cho math ri duilgheadasan bun-structarail eile, a leithid bann-leathann luath. Bheireadh seo taic ri àrainneachd a chruthachadh far am b' urrainn do chleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach a bheartachadh.

difficulties, including fast broadband. Such solutions would create a situation where the use of Gaelic in island communities could perhaps flourish.

18. Ged nach eil mìneachadh againn air na tha Riaghaltas na h-Alba a' ciallachadh le 'Gàidhealtachd' tha sinn ag aithneachadh gu bheil taic shònraichte a dhìth air coimhearsnachdan far a bheil àireamh shusbainteach de luchd-labhairt na Gàidhlig.

18. Although there is no definition from the Scottish Government of what a 'Gàidhealtachd' area would be, we believe special measures are needed in areas where there is a sizable community of Gaelic speakers.

19. Am measg ghnìomhan eile tha Fèisean nan Gàidheal a' creidsinn gu bheil com-pàirt anns na h-ealain agus cur-seachdan culturach a' cur gu mòr ri foghlam, slàinte-inntinn agus maith eaconamaidh choimhearsnachdan. Mar sin, bu mhath leinn aithne shònraichte a thoirt do dhualchas na Gàidhlig ann an sgìrean 'Gàidhealtachd' mar dhòigh cleachdadh na Gàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhrosnachadh sna sgìrean sin ma thèid an stèidheachadh.

19. Among other activities, Fèisean nan Gàidheal believes participation in the arts and other cultural activities contributes to education, mental wellbeing and the economy in communities. Therefore, we would like to see special recognition given to Gaelic heritage as a means to enable Gaelic use and encourage local events should 'Gàidhealtachd' areas be established.

A bheil beachdan agaibh air mar a bu chòir leithid sgìrean a bhith air am mìneachadh?		*Do you have views on how such areas should be defined?*

20. Chan eil cothrom air a bhith aig Fèisean nan Gàidheal beachdachadh air seo.

20. Fèisean nan Gàidheal has not had an opportunity to consider this.

Ciamar a chothromaicheadh sibh an gealladh ceumannan a chur an sàs ann an sgìrean far a bheil àireamh shusbainteach de luchd-labhairt na Gàidhlig leis a' phrionnsabal gum bu chòir Gàidhlig a bhith na cànan nàiseanta do dh'Alba gu lèir?		*How would you balance the commitment to put measures in place in areas where there are significant Gaelic speakers with the principle that Gaelic should be a national language for all of Scotland?*

21. Mar bhuidheann a bhios a' cumail taic ri buidhnean ionadail air feadh Alba, tha sinn gu mòr a' gabhail ris gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt de dhualchas na h-Alba agus gum buineadh i ris a h-uile

21. As an organisation which supports local groups across Scotland, we very much believe that Gaelic is an important part of Scottish heritage and that it belongs to everyone. However, we are mindful of

duine. Ge-tà, tha sinn mothachail air suidheachadh nan coimhearsnachdan Gàidhlig 'traidiseanta' agus a' gabhail ris gu bheil barrachd a ghabhadh a dhèanamh anns na sgìrean sin.

the needs of 'traditional' Gaelic communities and accept that more could be done in those areas.

Ged a tha feum ann sùil gheur a chumail air na cothroman a bu chòir a bhith ann coimhearsnachdan Gàidhlig 'traidiseanta' a neartachadh, bu chòir do leasachadh na Gàidhlig a bhith ion-ghabhalach. Cha bu chòirear cùl a chur ri duine sam bith a tha ag iarraidh a' Ghàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh, no a bhios airson coimhearsnachd de sheòrs eile, air loidhne no sa bhaile mhòr, a stèidheachadh. Feumar dòigh a lorg feumalachdan coimhearsnachdan de gach seòrsa a riarachadh.

Although there is a need for a strong focus on what can be done to support traditional Gaelic communities, Gaelic development must remain inclusive. There should be no diminution in support for anyone who wishes to learn or use Gaelic, or for those who would wish to establish some other kind of community, online or in an urban setting. There must be a way to satisfy the needs of different kinds of communities.

A bheil puingean sam bith eile ann a bu mhiann leibh dèanamh mun ghealladh rannsachadh a dhèanamh air Gàidhealtachd oifigeil a chruthachadh is na geallaidhean ceangailte a bhuineas ri cleachdadh na Gàidhlig anns an teaghlach is coimhearsnachd?		*Are there any further points you would like to make about the commitment to explore the creation of a Gàidhealtachd and the associated commitments relating to Gaelic use in family and community?*

22. Tha e do-dhèante do riaghaltas sam bith cleachdadh na Gàidhlig, no cànan sam bith, a sparradh air daoine. Tha dleastanas air riaghaltasan aig ìrean eadar-dhealaichte, ge-tà, a h-uile oidhirp a dhèanamh dìon a thoirt air dualchas agus cultar na dùthcha, a' gabhail a-steach cànain.

22. It is impossible for any government to force people to use Gaelic, or any other language. Governments do, however, have other responsibilities, one being to protect the heritage and culture of the country, which includes languages.

Tro phoileasaidhean nas treasa aig an riaghaltas, tuilleadh airgid agus a' cleachdadh siostam nam planaichean Gàidhlig ann an dòigh nas èifeachdaiche, bhitheamaid an dòchas gum biodh miann aig daoine a' Ghàidhlig a thogail agus a chleachdadh. Chan eil sinn a' bruidhinn mu ath-bheòthachadh cànain a-mhàin ach neartachadh choimhearsnachdan san fharsaingeachd.

Through stronger government policies, further investment and better use of the system of Gaelic Language Plans, we can hope to encourage the desire among people to acquire and use the language. We should not consider solely the revitalisation of language but the strengthening of communities more generally in the process.

Tha fàilte air freagairtean co-chomhairleachaidh air a' cheist de ath-sgrùdadh air structair is gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig.
Consultation responses are invited on the question of a review of the structure and functions of Bòrd na Gàidhlig.

A bheil beachdan sam bith agaibh air dleastanasan làithreach Bhòrd na Gàidhlig is molaidhean sam bith air mar a b' urrainn dhaibh seo obrachadh nas èifeachdaiche no buadhmhoire?		*Do you have any views on the current duties of Bòrd na Gàidhlig and any suggestions of how these could operate more effectively or efficiently?*

23. Tha sinn mothachail air dleastanasan Bòrd na Gàidhlig, mar a chaidh a bhuileachadh air tro Achd na Gàidhlig 2005.

Tha a h-uile coltas ann, ge-tà, gu bheil obair a' Bhùird air sìor leudachadh leis an àireamh de phlanaichean Gàidhlig agus bhuidhnean a th' aige ri dèiligeadh ris, mar eisimpleir. Aig an aon àm chan eil àrdachadh susbainteach air a bhith ann am buidseat a' Bhùird a leigeadh leis a' bhuidheann fàs a thoirt air a' Ghàidhlig tro na buidhnean agus pròiseactan a tha e a mhaoineachadh.

23. We are aware of Bòrd na Gàidhlig's responsibilities as defined in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

It does seem, however, that Bòrd na Gàidhlig's workload has increased with the number of Gaelic Language Plans and organisations with which it has to deal, for example. At the same time, there has been no substantial increase in funding for the Bòrd to enable it to deliver growth in Gaelic through its own work or the organisations and projects it funds.

24. 'S e dleastanas cudromach a th' aig Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta na Gàidhlig a dheasachadh agus sùil a chumail air mar a bhios ga chur an gnìomh. Fhathast, tha mì-thuigse ann mu inbhe a' Phlana Nàiseanta. Bu chòir aonta agus tuigse nas fheàrr a bhith ann nach ann air aon bhuidheann a-mhàin a tha an t-uallach airson adhartas a dhèanamh leis na prìomhachasan anns a' Phlana Nàiseanta. Tha obair conaltraidh nas fheàrr a dhìth airson seo a shoilleireachadh.

24. The Bòrd has an important function to develop a National Gaelic Language Plan and monitor its delivery. Still, though, there is misunderstanding about the National Plan. There should be agreement and a better understanding that it is not for one body alone to take responsibility for delivering the priorities in the National Plan. Improved communication is needed to remedy this.

25. Tha dleastanasan eile aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh brosnachadh na Gàidhlig agus comhairle a thoirt do mhinistearan agus do dhaoine eile a thaobh na Gàidhlig. 'S e buidheann poblach beag a th' ann, ag obair fo riaghailtean a' buntainn ri buidheann poblach sam bith le dleastanasan rianachd co-cheangailte ri sin. Tha obair mhòr roimhe sealladh a chumail air ath-

25. Bòrd na Gàidhlig has a range of functions around promotion, offering advice on Gaelic matters to ministers and others among other responsibilities. By any standard, it is a small public body, expected to operate in the same was as any other public body does, which brings an administrative burden. It has a big job to do in presiding over the revitalisation

bheòthachadh cànan a tha ann an cunnart le buidseat ro bheag.

of an endangered language with a budget which is too modest.

A bheil beachdan sam bith agaibh mu atharrachaidhean structair aig Bòrd na Gàidhlig a b' urrainn brosnachadh is taic na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba?		*Do you have any views on structural changes at Bòrd na Gàidhlig which could strengthen the promotion of and support for Gaelic in Scotland?*

26. Tha sinne a' creidisnn gu bheil buidheann neo-roinneil deatamach airson gnothaichean na Gàidhlig a thoirt air adhart, ach tha feum aige air tuilleadh maoin agus barrachd chumhachdan.

26. We believe a non-departmental body is essential to advancing Gaelic but it has a need for increased funding and further powers.

27. Chuireamaid fàilte air buaidh nas fheàrr bho Phlanaichean Gàidhlig nam buidhnean poblach. Feumaidh adhbharan a bhith aig daoine, agus miann, a' Ghàidhlig a chleachdadh. A bharrachd air brosnachadh agus misneachd a thoirt do dhaoine seo a dhèanamh, bu chòir do phlanaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan poblaich a bhith fìor chudromach agus cuideachail.

27. We would welcome better outcomes from public body Gaelic Plans. People need to have a reason to use Gaelic. In addition to offering encouragement and confidence, public body Gaelic plans should be very important and helpful.

28. Feumaidh stìuireadh nas soilleire a bhith aig buidhnean air na thathar a' suileachadh bho phlanaichean Gàidhlig. Bu chòir geallaidhean susbainteach a bhith annta agus gnìomhan a tha a' dol a chuideachadh na Gàidhlig ann an da-rìribh, le nas lugha mu dheidhinn nan rudan furasta a leithid soighnichean agus suaicheantasan, cudromach 's gu bheil a leithid nan àite fhèin.

28. There should be clearer guidance for bodies as to what is expected of their Gaelic plans. There should be much more substantial commitments which would actually assist Gaelic, with less about the easy hits of signs and logos, though they, too, are important.

29. Tha cruaidh-fheum air ùrachadh air an stiùireadh reachdail a th' ann an-dràsta a leigeadh le buidhnean - gu seachd àraid ann an sgìrean 'Gàidhealtachd' (ma tha iad gu bhith ann) - planaichean nas treasa agus na fheàrr a thoirt air adhart agus a thoirt gu buil.

29. There is a pressing need to update the statutory guidance on Gaelic Plans to ensure bodies – particularly in 'Gàidhealtachd' areas (if they are to be established) – can deliver stronger, better plans and deliver them.

A bheil puingean sam bith a bharrachd a bu mhiann leibh dèanamh mun ath-sgrùdadh de ghnìomhan is structar Bhòrd na Gàidhlig a tha airson dèanamh cinnteach gu bheil a'		*Are there any further points you would like to make about the review of the functions and structure of Bòrd na Gàidhlig which seeks to ensure Scotland has the most effective*

bhuidheann ceannardais is lìonra bhuidhnean as èifeachdaiche aig Alba airson brosnachadh na Gàidhlig?		*leadership body and network of organisations for the promotion of Gaelic?*

30. 'S e buidheann beag a th' ann am Bòrd na Gàidhlig ach tha obair mhòr roimhe. Dh'fhaodamaid Bòrd na Gàidhlig a neartachadh, tuilleadh chumhachdan a thoirt dha agus a neartachadh airson barrachd uallach a ghabhail os làimh, a thaobh planadh cànain, comhairle a thoirt seachad is mar sin air adhart. No dh'fhaodadh earrannan de dh'obair a' Bhùird a' roinn am measg bhuidhnean eile no don riaghaltas fhèin.

30. Bòrd na Gàidhlig is a small organisation with a wide remit. Bòrd na Gàidhlig could be strengthened, given additional powers and supported to take on additional tasks around language planning, offering advice etc. Or some of its work could be undertaken by other bodies or the government.

An dèidh beachdachadh air seo, tha sinn den bharail gu bheil e cudromach do dh'inbhe na Gàidhlig gu bheil Bòrd na Gàidhlig ann. Tha rùn aig cuid de luchd-labhairt Albais buidheann den aon sheòrsa a bhith aca-san. 'S dòcha gu bheil sin na chomharra air cho cudromach 's a tha e dhaibhsan an sàs le ath-bheòthachadh cànain gu bheil buidheann ann a tha gan riochdachadh agus gan cuideachadh.

Having considered options, we believe Bòrd na Gàidhlig is important for Gaelic's status. Some Scots language activists believe they too should have a similar body. Perhaps that is a mark of how important a representative and supportive body is to those involved in language revitalisation.

Ged a dh'fhaodadh beachd a bhith ann gun gabhadh gu leòr de dh'obair a' Bhùird a dhèanamh leis an riaghaltas, tha sin ceart gu leòr fhad 's a tha an riaghaltas a tha ann taiceil. Ged a dh'fhaodadh còirichean glèidhte tro reachdas cofhurtachd agus dìon a thoirt do dhaoine, dè thachradh ann an da-rìribh nam biodh riaghaltas ann le rùn gun taic a chumail ris a' Ghàidhlig tuilleadh?

Although there is a school of thought that most of the Bòrd's work could be undertaken within the government, that would be fine while there is a supportive government. Although rights in legislation may offer some comfort and protection, what in fact would happen in the event of a government in power which decided it no longer wished to support Gaelic?

Tha fàilte air freagairtean co-chomhairleachaidh mun cheist de thaic airson Albais.
Consultation responses are invited on the question of support for the Scots language.

A' smaoineachadh air obair nam prìomh buidhnean Albais ainmichte sa phàipear seo – Dè ur beachd air obair nam buidhnean Albais? Ciamar a neartaicheadh is a chuireadh sibh ri obair nam buidhnean seo?		*Thinking of the work of the key Scots bodies as referred to in the paper – What are your views on the work of the Scots bodies? How would you strengthen and add to the work of these bodies?*

31. 'S e buidheann a th' ann am Fèisean nan Gàidheal a bhios a' cumail taic ri Gàidhlig ged a bhios sinn a' co-obrachadh gu math tric le buidhnean a leithid Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Hands Up for Trad is eile. Bidh sinn cuideachd a' cumail taic ri ealain Albais tron sgeama Tasgadh a bhios sinn a lìbhrigeadh às leth Alba Chruthachail.

31. Fèisean nan Gàidheal is a body which support Gaelic although we do work often with the likes of the Scottish Traditional Music Forum and Hands Up for Trad. We also support Scots language arts projects through the Tasgadh fund which we operate on behalf of Creative Scotland.

Dè ur beachdan air na h-ath-cheumannan a bu chòir gabhail gus taic a thoirt do dh'Albais?		*What are your views on the next steps that should be taken to support the Scots language?*

32. Chan eil dad againn ri chur ri seo.

32. *We have nothing to add.*

A bheil puingean sam bith a bharrachd ann a bu mhiann leibh dèanamh mun ghealladh taic a thoirt do dh'Albais?		*Are there any further points you would like to make about the commitment to support the Scots language?*

33. Cha bhiodh e ceart dhuinne beachdachadh air feumalachdan Albais. Tha sinn, ge-tà, taiceil don iomairt aig luchd-labhairt Albais barrachd thèarainteachd a lorg agus ghuidhemaid gach soirbheas dhaibh.

33. It would not be right for us to comment on the needs of Scots although we do support speakers of the language in their efforts to secure it and wish them every success in doing so.

Mu dheidhinn Fèisean nan Gàidheal		About Fèisean nan Gàidheal

Chaidh Fèisean nan Gàidheal a stèidheachadh ann an 1991 mar an comann iomlan neo-eisimeileach airson Iomairt nam Fèisean. 'S e buidheann le ballrachd a th' ann a tha a' tairgse iomadh seirbheis a' gabhail a-steach taic le tabhartasan, trèanadh, àrachas agus iasadan ionnstramaidean. 'S e companaidh earranta a th' ann agus na Bhuidheann Charthannais Albannaich a th' ann, àireamh SC002040, maoinichte le Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Fonndas Uilleim Ghrannd am measg eile.

Fèisean nan Gàidheal was established in 1991 as the independent umbrella association of the Fèis movement. It is a membership organisation that offers a range of services to its members including grant-aid, training, insurance, and instrument loans. Fèisean nan Gàidheal is a company limited by guarantee and a Scottish Charity, number SC002040, funded by Creative Scotland, Bòrd na Gàidhlig, The Highland Council, Argyll & Bute Council and the William Grant Foundation among others.

Thuirt tè a bha na Rùnaire a' Chaibineit airson Cultair, Fiona Hyslop: "Tha fhios againn ma thèid daoine an sàs ann an gnothaichean cultarach gum faod sin

Scotland's former Cabinet Secretary for Culture, Fiona Hyslop, said: "We know that immersion in cultural activity can help bolster the resilience and well-being of

cuideachadh le bhith neartachadh agus a' cur ri maith choimhearsnachdan is dhaoine. Le sin tha mi a' smaoineachadh air Fèisean nan Gàidheal a tha am measg nam prìomh bhuidhnean a tha toirt nan ealain Gàidhlig air adhart. Gu dearbh, tha rannsachadh a' sealltainn chan e a-mhàin gu bheil daoine òga ag ionnsachadh sgilean ùra bho bhith dol an sàs ann an tachartasan cultarach, ach cuideachd tha iad a' cur barrachd sùim annta fhèin agus tha barrachd tuigse aca air cò iad."

communities and individuals. I'm thinking here of Fèisean nan Gàidheal which is at the forefront of Gaelic arts development, with research suggesting that participation not only increases skills in young people but also self-esteem and a sense of identity."

Tha an dòchas is a' bheothalachd a th' ann an-diugh a thaobh ceòl traidiseanta agus adhartachadh na Gàidhlig ann an Alba, gu ìre nach beag, mar thoradh air mar a tha na Fèisean air soirbheachadh.

The current sense of revival in both the traditional music scene and Gaelic language development in Scotland is, in no small measure, due to the success of the Fèis movement.

Tha Fèisean nan Gàidheal air aon de na buidhnean a tha faotainn maoineachadh gu cunbhalach bho Alba Chruthachail agus tha sinn a' toirt taic do 46 Fèisean teagaisg a tha a' toirt ionnsachadh ann an ealain dhualchasach na Gàidhlig do dh'òigridh air feadh Alba. Tha na Fèisean air a bhith toirt oideachadh do dhaoine òga ann an ceòl traidiseanta, òrain Ghàidhlig is dràma Ghàidhlig airson còrr is 40 bliadhna. Eadr com-pàitichean agus luchd-èisteachd aig tachartasan agus air loidhne, bidh sinn a' ruighinn air còrr is 100,000 neach gach bliadhna.

Fèisean nan Gàidheal is one of Creative Scotland's regularly funded organisations and supports 46 tuition-based Fèisean that offer tuition in traditional Gaelic arts to young people across Scotland. For over 40 years, the Fèisean have been tutoring young people in traditional music, Gaelic song and Gaelic drama. With participants and audiences, face-to-face and online, we engage with over 100,000 people annually.

Tha Fèisean nan Gàidheal an urra ris an fhèis Bhlas, ann an com-pàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd, agus bidh sinn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha a' cur air adhart Cèilidhean air Chuairt. Bidh sinn cuideachd a' ruith na seirbheis Fèisgoil airson obair a lìbhrigeadh ann an sgoiltean. Tron t-seirbheis bidh clasaichean ciùil gan cur air adhart tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus a' teagasg Gàidhlig far a bheil taic a dhìth tro GLI agus 1+2.

Fèisean nan Gàidheal is responsible for delivering the Blas Festival, in partnership with The Highland Council, and supports Fèisean that organise Cèilidh Trails. It also runs the Fèisgoil service to deliver work in schools, through which it organises music tuition through the Youth Music Initiative and teaches Gaelic language to support GLE and 1+2 languages.

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03

Anns an aithisg seo:	**Gnìomh a dhìth**
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(a)	
Teachd a-steach agus cosgaisean 2022-23 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 29mh Samhain 2022	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(b)	
Bidh na suimeannan a th' againn anns a' bhanca air an dearbhadh aig a' choinneimh	Aithris airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(c)	
Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2022, air an ullachadh le Mann Judd Gordon	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(d)	
Tabhartasan air an gealltainn do na Fèisean airson 2022-23 leis na chaidh a phàigheadh gu 29 November 2022	Airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(e)	
Bidh cuimhne aig buill a' Bhùird gun deach cùis a tharraing gu an aire le luchd-sgrùdaidh Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ri airgead a bha ri thighinn bho Alba Chruthachail. Tha am freagairt a chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd ann am pàipear-taic 4.2022.03(e)-1. Bheir an Ceannard seachad am fiosrachadh as ùire air an airgead seo fhaighinn a-steach.	Airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(f)	
Bheir an Ceannard agus Manaidsear Gnìomha fiosrachadh seachad aig a' choinneimh mun ìre aig a bheil an gearan a tha a' leantainn le Virgin Money. Bidh suimeannan air an Tasgadh tron t-seribheis CAF air an dearbhadh fo 4.2022.03(b) ach tha tuilleadh fiosrachaidh mu na buidhnean far a bheil an t-airgead, agus an ùine a bhios e taisgte ann am pàipear-taic 4.2022.03(e)-2.	Airson Fiosrachaidh

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
An Dùbhlachd 2022

Teachd a-steach agus a-mach 2022-23 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 29 Samhain 2022

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(a)

TEACHD A-STEACH	**2022-23**	**ÙINE**	**FÌOR**	**DIOFAR**	
Prìomh Thabhartasan	£350,810	£233,873	£233,245	£628	
Cìsean Stiùiridh	£152,247	£101,498	£99,500	£1,998	
Sgeama Thabhartasan	£187,000	£124,667	£187,000	-£62,333	1
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£130,000	£86,667	£130,000	-£43,333	2
Uairean Bliadhnail	£12,000	£8,000	£12,000	-£4,000	
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£90,000	£60,000	£123,125	-£63,125	3
Trèanadh	£4,000	£2,667	£3,000	-£333	
Fèisgoil	£513,734	£342,489	£529,873	-£187,384	4
Fèis Bhlas	£209,434	£139,623	£210,365	-£70,742	5
Teachd-a-steach Eile a chaidh a Chosnadh	£12,300	£8,200	£8,813	-£613	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£39,500	£26,333	£35,500	-£9,167	
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£32,553	£21,702	£24,356	-£2,654	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£5,000	£3,333	£5,000	-£1,667	
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£12,500	£8,333	£4,000	£4,333	
Goireasan is Pròg ram Didseatach	£3,000	£2,000	£3,000	-£1,000	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£3,000	£2,000	£3,000	-£1,000	
FèisTV	£12,800	£8,533	£10,000	-£1,467	
Teachd-a-steach fhathast ri thogail	£32,853	£21,902	£0	£10,968	
TEACHD A-STEACH GU H-IOMLAN	**£1,802,731**	**£1,201,821**	**£1,632,711**	**-£427,668**	
TEACHD A-MACH					
COSGAISEAN RUITH					
Tuarastalan an Luchd-obrach	£374,965	£249,977	£246,590	£3,386	
Suimeannan NIC	£37,497	£24,998	£28,943	-£3,945	
Suimeannan Pàighte do Pheinnseanan	£18,748	£12,499	£12,269	£230	
Siubhal, Àiteachan-fuirich, Biadh do Luchd-obrach	£6,000	£4,000	£11,469	-£7,469	
Màl is Cìsean airson Oifisean	£22,000	£14,667	£18,697	-£4,030	
Stuthan Pàipeir, Clò-bhualadh, Postachd is Lethbhreacan pàipeir	£15,000	£10,000	£13,438	-£3,438	
Uisge is Dealain	£22,000	£14,667	£10,456	£4,211	
Cosgaisean a' Bhùird	£3,000	£2,000	£928	£1,072	
Cur Poileasaidh Dìon Chloinne an Gnìomh	£6,000	£4,000	£3,034	£966	
Àrachas	£10,000	£6,667	£2,977	£3,690	
Cosgaisean Beaga	£5,000	£3,333	£2,474	£859	
Cìsean Cunntasachd is Banca	£8,500	£5,667	£7,136	-£1,469	

Cìsean Proifeiseanta	£2,000	£1,333	£1,074	£259	
A' Gleidheadh Stòras Ionnsramaidean	£1,500	£1,000	£1,303	-£303	
Feuman Taice a Bharrachd	£3,000	£2,000	£0	£2,000	
Cosgaisean Calpa	£3,000	£2,000	£1,499	£501	
COSGAISEAN PHRÒGRAM					
Tabhartasan air am Pàigheadh A-mach	£187,000	£124,667	£105,044	£19,623	6
Uairean Bliadhnail	£12,000	£8,000	£6,920	£1,080	
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£130,000	£86,667	£91,823	-£5,156	
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£90,000	£60,000	£46,700	£13,300	
Cìs Stiùiridh Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	-£8,500	-£5,667	-£8,500	£2,833	
Pròram Trèanaidh	£4,000	£2,667	£3,688	-£1,021	
Cìs Stiùiridh airson a' Phròraim Trèanaidh	-£1,000	-£667	-£1,000	£333	
Fèisgoil	£513,734	£342,489	£223,378	£119,111	7
Cìs Stiùiridh airson Fèisgoil	-£102,747	-£68,498	-£50,000	-£18,498	
Co-labhairt Bhliadhnail	£10,000	£6,667	£13,458	-£6,791	
Fèis Bhlas	£209,434	£139,623	£234,263	-£94,640	8
Cìs Stiùiridh airson Fèis Bhlas	-£25,000	-£16,667	-£25,000	£8,333	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£39,500	£26,333	£41,138	-£14,805	
Cìs Stiùiridh airson Cèilidhdean air Chuairt	-£4,000	-£2,667	-£4,000	£1,333	
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£32,553	£21,702	£25,848	-£4,146	
Cìs Stiùiridh airson Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	-£3,000	-£2,000	-£3,000	£1,000	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£5,000	£3,333	£2,560	£773	
Cìs Stiùiridh: Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	-£2,000	-£1,333	-£2,000	£667	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£3,000	£2,000	£2,065	-£65	
Cìs Stiùiridh airson Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	-£1,000	-£83.33	£0	-£83	
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£12,500	£8,333	£2,000	£6,333	
Cìs Stiùiridh airson Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	-£2,000	-£1,333	-£2,000	£667	
Goireasan is Pròram Didseatach	£3,000	£2,000	£3,280	-£1,280	
Cìs Stiùiridh airson Goireasan is Pròram Didseatach	-£1,000	-£667	-£1,000	£333	
FèisTV	£12,800	£8,533	£6,166	£2,367	
Cìs Stiùiridh FèisTV	-£2,000	-£1,333	-£2,000	£667	
Cùl-taice	£0	£0	£0	£0	
FO-SHÙIM IOMLAN AIRSON CAITEACHAS	**£1,650,484**	**£1,100,323**	**£1,074,340**	**£25,982**	
Cìsean Stiùiridh	£152,247	£101,498	£96,278	£5,220	
CAITEACHAS IOMLAN	**£1,802,731**	**£1,201,821**	**£1,170,618**	**£31,202**	
Air a chur chun na Maoine Glèidhte	£15,225	£10,150	£0	£10,150	
CÒRR/(CALL)	**£0**	**£0**	**£462,093**	**-£462,093**	

Fiosrachadh:
1. & 6. Sgeama Tabhartasan - Airgead prìomh luchd-maoineachaidh a-staigh
2. Sgeama Leasachaidh - airgead a-staigh
3. Tabhartasan Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig - Airgead a-staigh bho Alba Cruthachail
4. & 7. Fèisgoil - Airgead a thàinig a-staigh bho Riaghaltas na h-Alba airson Treòir | Voar | Virr
5. & 8. Thachair Fèis Bhlas anns an t-Sultain

Fèisean nan Gàidheal

Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2022

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(c)

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	Feisgoil	Gaelic Residentials	Maoin nan Ealan Gàidhlig - *restricted fund*	Tasgadh Fund- *restricted fund*
STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES								
INCOME AND ENDOWMENTS								
Creative Scotland	541,018	370,334	102,434	3,000		3,000	36,000	26,250
Highland Council	255,663	37,794	62,869		155,000			
Argyll & Bute Council	18,450	18,450						
Bord na Gaidhlig	91,000	71,000				20,000		
Scottish Government	192,734	0			192,734			
Membership fees	150	150						
Sale of publications	34	34						
Instrument bank revenue	4,975	4,975						
Ceilidh Trails - earned income	850	850						
Fèisgoil - earned income	63,322				63,322			
Management charges	91,000	91,000						
Box office / concerts	16,545		16,545					
Other income	8,706	3,706	5,000					
Bank interest received	865	865						
Total incoming respources	**1,285,311**	**599,158**	**186,848**	**3,000**	**411,056**	**23,000**	**36,000**	**26,250**
RESOURCES EXPENDED								
Charitable activities								
Wages	173,755	173,755						
Employer's National Insurance	8,613	8,613						
Pensions	8,794	8,794						
Child protection costs	2,080	2,080						
Training	1,760			1,760				
Resources	4,750				4,750			
Fèisgoil - delivery costs	62,385				62,385			
Archiving project	560	560						
Sgoil Shamhraidh	5,219					5,219		
Cleachiaigantaigh	1,927	1,927						
Meanbh-chuileag / Pantomime	5,480				5,480			
Treòir (Fèisgoil)	51,617				51,617			
Tachartasan Comhnaidh	13,449					13,449		
Inter Feis activities	279	279						
Feis TV	6,516	2,350			4,166			
SG - Support for Feisean	3,901	3,901						
Devolved Fund - MEG	11,551						11,551	
Research project	10,920	10,920						
Management charges	91,000	8,000	25,000	1,000	54,000	3,000	0	0
Blas - Artistes costs	55,125		55,125					
Blas - Travel and support	48,125		48,125					
Blas - PA & Lighting	31,025		31,025					
Blas - Venue hire	1,998		1,998					
Blas - Promotion	7,022		7,022					
Blas - Project manager	1,800		1,800					
Blas - Commissions	6,481		6,481					
Blas - Filming for Online	9,829		9,829					
Grants to Feisean	72,138	72,138						
Grants for Tasgadh Fund	0							0
Grants for Ceilidh trails	31,533	31,533						
Instrument bank costs	1,039	1,039						
	730,670	325,887	186,405	2,760	182,399	21,668	11,551	0
Support costs								
Office rent	11,914	11,914						
Insurance	2,712	2,466	246					
Light and heat	3,863	3,863						
Telephone	5,475	5,475						
Printing postage & stationery	9,804	9,804						
Sundries	1,534	1,534						
Website	897	897						
Staff travel and expenses	6,245	6,245						
Depreciation	4,898	4,898						
Bank charges and interest	56	56						
Audit & accountancy	4,295	3,720	575					
Committee expenses	859	859						
Annual conference	10,984	10,984						
Legal & professional fees	922	922						
	64,457	63,636	821	0	0	0	0	0
Total resources expended	**795,127**	**389,523**	**187,226**	**2,760**	**182,399**	**21,668**	**11,551**	**0**
Net incoming / (outgoing) resources - for the six months ended 30 September 2022	**490,184**	**209,635**	**(379)**	**240**	**228,657**	**1,332**	**24,449**	**26,250**
Funds at 1 April 2022 - unrestricted	300,910	300,910						
Funds at 1 April 2022 - restricted	11,478						11,478	0
Total funds at 30 September 2022	**802,572**	**510,545**	**(379)**	**240**	**228,657**	**1,332**	**35,927**	**26,250**

BALANCE SHEET AS AT 30 SEPTEMBER 2022

Fixed assets	
Computer equipment - cost	73,753
Computer equipment - additions	1,499
Computer equipment - depreciation b/fwd	(49,891)
Computer equipment - depreciation charge	(4,898)
	20,463
Current assets	
Other debtors	0
Grants receivable	121,000
Prepayments	0
VAT	8,222
	129,222
Bank accounts	
FnG current account	17,829
FnG high interest account	634,978
Blas Festival current account	25,282
Lochaber Development account	8,475
	686,564
Current liabilities	
Trade creditors	0
Grants to Feisean awarded but unpaid	(4,919)
PAYE & National Insurance	(7,025)
Deferred income	0
Accrued expenses	(21,733)
	(33,677)
Net assets as at 30 September 2022	**802,572**

Tabhartasan nam Fèis 2022-23 leis na chaidh a phàigheadh gu 29 Samhain 2022

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2022.03(d)

Ainm Fèise	InG	InG Dùbhlanach	Prìomh Thabhartas Fèise	Maoin Ùghdarras Ionadail	Tabhartas Leantainneach	Uairean a rèir Bliadhna	Tabhartas Uairean Bliadhnail	Sgeama Leasachaidh	Tabhartas Iomlan air a Thabhann	Còrr Pàighte	Còrr gun rèiteach
Comhairle na Gàidhealtachd											
Fèis an Earraich	√	√	£5,074.00	£4,676.00	£2,490.00	50	£495.00	£11,593.00	£24,328.00	£12,496.00	£11,832.00
Fèis Lochabair	√		£1,717.00	£1,583.00	£2,349.00	80	£792.00	£0.00	£6,441.00	£4,244.00	£2,197.00
Fèis nan Garbh Chrìochan	√	√	£2,914.00	£2,686.00	£1,400.00	80	£792.00	£2,066.00	£9,858.00	£7,466.00	£2,392.00
Fèis Chataibh	√		£3,083.00	£2,842.00	£718.00	20	£198.00	£0.00	£6,841.00	£0.00	£6,841.00
Fèis a' Bhealaich	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Eige	√	√	£1,409.00	£1,299.00	£164.00	30	£297.00	£0.00	£3,169.00	£2,336.00	£833.00
Feis Ghallaibh	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£1,074.00	£1,074.00	£967.00	£107.00
Fèis Farr	√		£0.00	£0.00	£92.00	0	£0.00	£0.00	£92.00	£46.00	£46.00
Fèis na h-Òige	√		£1,926.00	£1,774.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£3,700.00	£2,775.00	£925.00
Fèis Air an Oir	√	√	£2,381.00	£2,195.00	£2,513.00	20	£198.00	£11,968.00	£19,255.00	£15,609.00	£3,646.00
Feis Ghleann Albainn	√		£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Rois	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis a' Bhaile	√		£985.00	£909.00	£658.00	0	£0.00	£714.00	£3,266.00	£2,393.00	£873.00
Fèis Òigridh na Mara	√	√	£0.00	£0.00	£2,945.00	80	£792.00	£9,397.25	£13,134.25	£10,524.00	£2,610.25
Fèis Inbhir Narann	√		£1,063.00	£981.00	£1,610.00	70	£693.00	£0.00	£4,347.00	£0.00	£4,347.00
Fèis Spè	√		£1,425.00	£1,315.00	£1,155.00	50	£495.00	£11,089.00	£15,479.00	£11,434.00	£4,045.00
Fèis an Iar Thuath	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Thròndairnis	√	√	£1,996.00	£1,840.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£3,836.00	£2,877.00	£959.00
Feis a' Chaolais	√		£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd			**£23,973.00**	**£22,100.00**	**£16,094.00**	**480**	**£4,752.00**	**£47,901.25**	**£114,820.25**	**£73,167.00**	**£41,653.25**
Comhairle nan Eilean Siar											
Fèis Tìr a' Mhurain	√	√	£2,983.00	£0.00	£101.00	40	£396.00	£5,738.00	£9,218.00	£0.00	£9,218.00
